



tapachd na coimhearsnachd

paca goireasan deasbaid airson
àrd-sgoiltean

clàr-innse



a' tòiseachadh

dè th' ann an deasbaireachd?	4
geama: ma riaghlaidheas mise an t-saoghail	4
geama: fuirich mionaid	4
a' planadh ur deasbadan	5

a' coimhead air tapachd

gnìomh buidhinn: dè cho fulangach 's a tha ur coimhearsnachd?	6
geama: balla gu balla	6
dè cho fulangach 's a tha thu?	8

an fheadhainn a chuidicheas sinn

a' planadh agus a' fòrmatadh deasbaid	10
duilleag-làimhe: deasbad air an fheadhainn a chuidicheas sinn	12
cairtean gabhail riochd airson deasbad	13
a' dèanamh an deasbaid	14
duilleag-làimhe: argamaidean a.d.a.g agus structar làbhairt	15
dòighean-obrach airson deasbaid	16
plana-labhradh agus plana-labhradh iasg	18
plana-labhradh airson gearr-iomradh	20
gnìomh an luchd-amais	21

riochdan-chluiche tapachd

fòrmat riochd-chluiche deasbaid	22
a' cruthachadh an riochd-chluiche agad fhèin	23
riochd-chluiche agus cairtean airson buaidh turasachd	24
riochd-chluiche agus cairtean airson seach-rathad ionadail	26

deasbaidean foirmeil

a' planadh agus a' fòrmatadh deasbaid	28
tairgseadh agus taglainn	30
dreuchdan luchd-làbhairt	31
a' taghadh ghluasaid	32
a' measrachadh deasbaidean foirmeil	33
duilleag-làimhe: ag eirmeas	34
duilleag-làimhe: a' bhith comhairleachail	35

a' measrachadh deasbaidean

a' measrachadh deasbaid	36
a' cuideachadh luchd-labhairt an toiseach	37

a' deasbaid tapachd agus cfe

litearrachd agus gàidhlig	38
cuspairean sòisealta, slànnte agus sunnd, ealain chruthachail	40

fàilte

...dhan Ghoireas Deasbad Bun-sgoil seo air Tapachd na Coimhearsnachd a tha air leasachadh leis an Aonadh Beurla Labhairt Alba airson Foghlam Alba mar phàirt a’ phròiseact Tapachd na Coimhearsnachd aca.

‘S e cuspair mòr a th’ ann am Tapachd na Coimhearsnachd agus bidh dubhlan sònraichte aig gach coimhearsnachd. Ach, tha snàithean cummanta ann: a’ toirt bualadh bhròg do suidheachaidhean agus ainneas; a’ fuasgladh cheistean; a’ bhith deiseil; a’ maothadh buaidh; a’ fairtleachadh cnap-starra pearsanta no coimhearsnachd; agus a’ freagarrachadh agus a’ togail tapachd. Anns a h-uile suidheachadh seo, ‘s ann mu dheidhinn coimhearsnachdan a’ tighinn còmhla airson cho-chuideachadh agus tapachd a thogail a tha e. ‘S e deagh dhòigh a th’ ann an deasbaid a bhrosnachadh a’ phròiseas seo agus tha iomadh dòighean a b’ urrainn don clas air fad a’ gabhail pàirt anns an deasbad, a’ togail air na neartan aig gach sgoilear a bhios a’ leudachadh a’ ghnìomhachas ann an dòighean eadar-dhealaichte, a’ leasachadh misneachd agus sgilean a bhios cuideachail dhaibhsan agus dha na coimhearsnachdan aca tro am beathannan.

Le bhith dèanamh deasbad air cuspairean ceangailte ri tapachd na coimhearsnachd, tha sinn an dòchas gun ionnsaicheas iad mu cùisean a tha a’ toirt buaidh air an coimhearsnachdan tro rannsachadh, bruidhinn agus èisteachd mu na cùisean, agus cuideachd le bhith gabhail pàirt anns an gnìomhachasan seo gum bi iad a’ fàs nas neartmhòr iad fhèin. Thathar a’ sealltainn gun leas deasbad sgilean smaoineachaidh àrd, agus a’ cuideachadh sgoilearan misneachd a leasachadh nuair a tha iad a’ dèiligeadh le suidheachaidhean dùbhlach agus beachdan eascairdeil ann an àrainneach co-structach agus sàbhailte.

Chan eil na goireasan seo òrdachail; ach tha sinn an dùil gun solar iad dhuibh, an tidsear, sreath innealan a dh’fhaodadh sibh cleachdadh agus atharrachadh airson na sgoilearan agus prògram theagaisg agaibh fhèin, far a bheil sibh an-dràsta. ‘S urrainn don a h-uile gnìomhachas seo atharrachadh gus am bi iad freagarrach airson na cùisean aig cridhe na sgoile agus na coimhearsnachd agaibh.

Gabh spòrs leis an deasbad!

‘S ann mu dheidhinn coimhearsnachdan agus daoine a’ cleachdadh na goireasan agus sgilean aca gus an cuideachadh dèanamh deiseal, freagairt ri agus tilleadh bho suidheachaidhean-èiginn a tha tapachd na coimhearsnachd.

Tapachd na coimhearsnachd Foghlam Alba

Tha am fòrmat de deisealachadh, deasbad agus iar-sgrùdadh a’ toirt dòigh-obrach agus co-theacsa lùbach airson nan h-eòlas agus buil, air mineachadh anns a’ Churraicealam airson Sàr-mhathais. Thèid ceangaillean mionaideach a lorg aig an deireadh.

daoine misneachail	luchd-ionnsachaidh soirbheachail	com-pàirtichean èifeachdach	saoranaich earbsach
• Leasaichidh sgoilearan sgilean ann an àrainneachd glèidhte	• A’ leasachadh sgilean rannsachaidh	• A’ brosnachadh obair sgioba oir faodaidh a h-uile duine pàirt a ghabhail	• A’ dèanamh ceangal ri cùisean chuspaireil agus cuspairean an latha an-diugh
• Thathar a’ riarachadh obraichean gus an tog sgoilearean air na neartan aca	• A’ brosnachadh fhèin-stiùireadh	• A’ leasachadh sgilean ghluasadach	• Comas an dà thaobh den argamaid fhaicinn
• Eòlas ann a bhith bruidhinn mu bheachdan ann an suidheachadh phoblach	• A’ leasachadh structar agus smaoineachadh tuigseach	• A’ dèanamh cinnteach gu bheil sgoilearan nas uidheamaichte le bhith nas eòlaiche	• Tha sgoilearan a’ tuigsinn pròiseas agus cleachdadh an deasbaid
	• A’ leasachadh sgilean litearrachd		

a' tòiseachadh

ro-ràdh

Bidh deasbaid a' nochdadh ann an iomadh crùth, agus seallaidh an stiùireadh seo diofar dòighean a dh'fhaodar deasbad a chleachdadh leis ur sgoilearan. Chan eil dà thaobh aig a h-uile format deasbaid, ach tha riaghailtean aig a h-uile gnìomhachas deasbaid a dh'iomallaicheas an ùine a th' aig daoine airson na h-argamaid aca a thaisbeanadh, agus ciamar agus cuin a fhreagras daoine eile. Nas fhàide anns an stiùireadh seo seallaidh sinn air dòighean a b' urrainn duibh fòrmat deasbaid agaibh fhèin a chruthachadh airson ur sgoilearan agus cuspair.

dè th' ann an deasbaireachd?

'S e an toiseach tòiseachaidh as fhèarr ann a bhith faighneachd dhan clas agaibh dè th' ann an deasbaireachd. 'S dòcha gun can iad "argamaid", "comhradh le puing", "cothrom bruidhinn air beachdan", "impidh". Iarraibh orra smaoineachadh far a bheil deasbaidean a' tachairt: ann am poilitigs, aig an taigh, aig obair fiù 's.

Iarraibh air sgoilearan ainmeachadh daoine ainmeil a bha math air deasbaireachd. 'S dòcha gun smaoinich iad air daoine mar Barack Obama no Alex Salmond, ach 's dòcha nach bi fios aca gun robh Brad Pitt, Bruce Springsteen agus Dara O'Briain nan deasbairean anns an sgoil. Bruidhinnibh air mar a tha na daoine seo math air bruidhinn, a' smaoineachadh mu dheidhinn impidh, teistalachd, misneachd, stoidhle, àbhachdas agus, cuideachd, na tha iad ag ràdh.

Aig an deireadh, iarraibh air na sgoilearan smaoinich mu na diofaran eadar deasbaireachd agus labhairt-phoblach. Ann an deasbaireachd feumaidh gum bi beagan connsachadh ann, nuair a tha luchd-labhairt a' freagairt ri argamaidean a' cur air adhart leis an taobh eile. Chan eil e math a' nochdadh le òraid deiseil gun feart a ghabhail de na tha an taobh eile ag ràdh. Tha cuid de na gnìomhachasan anns a' phaca goireas seo mu dheidhinn deasbaireachd agus tha cuid dhiubh mu dheidhinn labhairt-phoblach. Tha diofar doighean airson connsachadh a thoirt a-staigh le bhith brosnachadh puingean fiosrachaidh, ceistean agus breugnachadh.

Chan ann dìreach mu dheidheinn an deasbaid fhèin a tha deasbaireachd. Tha tòrr obair ri dhèanamh tro na seiseanan ullachaidh agus iar-sgrùdaidh, agus fiù 's tron deasbad foirmeil tha iomadh dòigh anns am b' urrainn don chlas air fad a bhith an sas, a' togail air neartean fa leth agus a' leasachadh sgilean ceum air cheum.

Iarraibh air ur clas agus faighibh beachdan:
Dè th' ann an deasbaireachd?
Càit am bi sinn ga faicinn?
Ainmich deasbairean ainmeil

geama: ma riaghlaicheas mise an t-saoghal

Geama luath airson brosnachadh na sgoilearan a' smaoineachadh agus a' bruidhinn.

Tha na sgilean cuideachail airson deasbaireachd math.

Can a' chiad duine anns a' chearcail an ainm agus nì iad aithris air na dhèanadh iad nan riaghlachadh iad an t-saoghal. Mar eisimpleir:

Duine A - "Is mise Bob agus nan riaghlaichinn an t-saoghal, bheirinn cèic don a h-uile duine."

Duine B - "Is esan Bob agus nan riaghlaicheadh esan an t-saoghal, bheireadh e cèic don a h-uile duine. Is mise Amy agus nan riaghlaichinn an t-saoghal gheàrrainn às bochdanas." Duine C - "Is esan Bob agus nan riaghlaicheadh esan an t-saoghal, bheireadh e cèic don a h-uile duine. Is ise

Amy agus nan riaghlaicheadh ise an t-saoghal gheàrradh i às bochdanas. Is mise Omar agus nan riaghlaichinn an t-saoghal, chuirinn adan gorma air a h-uile duine."

Tha seo a' leantainn timcheall a' chearcail. Faodaidh sibh an geama ath-thoiseachadh a-rithist ann am meadhan a' chearcail.

geama: fuirich mionaid

Taghaibh cuspair a b' urrainn do sgoilearan bruidhinn air gun ullachadh, m.e. an toirmisg sinn deise-sgoile? Nuair a chaidh cuspair a thagh, iarraibh airson saor-thoilich airson bruidhinn. Minichibh gun tòisich a' mhionaid cho luath 's a thòisich a' chiad neach-labhairt.

Ma tha a' chiad neach-labhairt a' sòradh, ag aithlis no a' bruidhinn mu rud nach eil ceangailte ris a' chuspair, dh'fhaodadh sgoilear eile a' cur dùbhlann orra. Airson dùbhlann a chur orra, bu chòir dhaibh an làmh a thogail agus feumaidh an neach-labhairt sguir, is an uireadair cuideachd.

Feumaidh an sgoilear a thog an làmh an gearan a mhineachadh. Ma thèid co-dhùnadh a dhèanamh air an dùbhlann, gabhaidh iad thairis bhon neach-labhairt (no cuiridh iad cuideigin eile ann) agus tòisichidh an uaireadair a-rithist. Bidh an sgoilear a tha a' bruidhinn nuair a ruigeas an uaireadair mionaid a' bhuannachadh!



a' cleachdadh deasbad leis ur clasaichean

'S e an dòigh as soirbheachail airson deasbaireachd a thoirt a-staigh dhan teagasg agaibh a bhith a' sgaoileadh an gnìomhachas thairis air 2-3 leasan gus dèanamh cinnteach gu bheil ùine gu leòr aig na sgoilearan airson smaoineachadh, rannsachadh agus plannadh.

Gheibh sgoilearan buaidh nas motha bhon dòigh seo agus cuidichidh e ann an gluasad fòcas bhon deasbad fhèin (a bhios na pàrr-phuing airson mòran) dhan phròiseas ionnsachaidh neo-eisimeileach agus co-obrachail: rannsachadh, a' taghadh fianais, a' leasachadh argamaidean co-leantail each agus cinnteach agus aig an deireadh a' dèanamh sgrùdadh air agus a' cleachdadh na lorg iad.

a' planadh ur deasbadan

An seo thathar a' moladh plana airson na h-ìrean eadar-dhealaichte ann an stiùireadh deasbaid. Leanaidh planadh nas fheàrr ri deasbad nas fheàrr agus 's dòcha gum bi feum agaibh air grunn seiseanan airson deasbad slàn.

Ach, chan fheum sibh seo a leantainn gu dìreach - mur a h-eil ùine gu leòr agaibh tha tòrr geamanan agus gnìomhachasan anns an stiùireadh seo a dh'fhaodar a dhèanamh gu luath gun ullachadh.

Ìre 1: plannadh

Sa chlas: Thoiribh a-steach cuspair agus còmhraidh mun cùl-eòlas. Dè air a bheil fios aca mar tha? Dè na puingeas as cudromaiche? Dè am fios a dh'fheumas iad lorg?

Mìnichibh am format, na dreuchdan agus na ceuman agus riaraibh dreuchdan ris na sgoilearan, a' faighneachd airson saor-thoilich ma tha e iomchaidh. Dèan e nas nochdte gum feum a h-uile sgoilear pàirt a ghabhail. Obairibh tro dian-bheachdachadh, co-roinneadh agus sònrachadh argamaidean gus am bi fòcas aig sgoilearan airson an rannsachadh. Faodaidh sibh bruidhinn air structar an seo no anns an ath leasan.

Aig an taigh: Rannsaichidh sgoilearan na h-argamaidean no cuspairean aca.

Ìre 2: deasbad

Aig an ìre seo bu chòir gum bi beachdan matha aig na sgoilearan air na prìomh argamaidean aca agus bu chòir gum do rinn iad rannsachadh airson fianais taiceil a lorg.

Sa chlas: Mur an do rinn sibh seo roimhe, rachaibh tro structar òraid leis ur sgoilearan. Bidh seo na cuideachadh dhaibh anns na h-argamaidean aca a' fineachadh agus na h-òraidean aca a' cruthachadh. Faodaidh sgoilearan obair còmhla airson nan òraid a phlanadh. Brosnaichibh iad notaichean no puingeas goirid a dhèanamh an àite an òraid air fad sgrìobhadh a-mach. Bidh seo na cuideachadh dhaibh gun a bhith leughadh nan òraid. Tha sibh nise deiseil airson deasbaireachd!

Tron deasbad faodaidh sgoilearan obair luchd-amais a choileanadh. Às dèidh nan òraid, faodaidh sibh deasbad an làr a dhèanamh far am faod an luchd-amais ceistean fhaighneachd, aithris a dhèanamh no òraid bheag a thoirt seachad. Faodaidh sibh obair a thoirt do gach neach-amais airson pàirt a ghabhail ann an deasbad an làr.

Ìre 3: iar-sgrùdadh

Thèid tòrr den rannsachadh, ionnsachadh agus tuigsinn thachairt tron ìrean ullachaidh agus deasbaid, ach tha an ìre iar-sgrùdaidh cudromach airson ath-sgrùdadh agus daingneachadh na tha air lorg.

Às dèidh an deasbaid, tòisichibh le bhith bruidhinn air na puingeas as cudromaiche le ur sgoilearan. An tàinaig na h-argamaidean as cudromaiche a-mach anns an deasbad? An robh ioghnadhan ann? An do dh'atharraich sgoilear sam bith am beachd mun chuspair? Dè dh'ionnsaich iad tron phròiseas?

Tha diofar dòighean ann airson am fiosrachadh seo a chlàradh. Tha cuid molaidhean an seo:

- Postairean airson an seòmar-teagaisg air a' chuspair/na cuspairean leis na prìomh argamaidean agus bun-chùisean.
- Aithisgean no artaigilean ann an stoidhle pàipear-naidheachd airson pàipear-naidheachd/iris/làrach-lìn na sgoile.
- Aithisg ann an tional-sgoile no pod-chraoladh airson na làraich-lìn
- Aistean stèidhichte air an deasbad

a' coimhead air tapachd

ro-ràdh

Tha crùth aig na gnìomhachasan seo airson sgoilearan a chuideachadh ann am beachdachadh air na diofar roinn aig Tapachd na Coimhearsnachd Tha gnìomhachas-buidhne ann, obair airson neach fa leth agus geama a dh'fhaodar a chleachdadh airson leantainn dha na prìomh ghnìomhachasan deasbaid.

gnìomh-buidhinn: dè cho fulangach 's a tha ur coimhearsnachd?

Obairibh ann am buidhnean de 4.

Measgaichibh na cairtean bhon duilleig a' cheart-aghaidh agus cuiribh iad uile beul fodha ann an càrn. Tha gach duine a' gabhail cairt agus a' mineachadh dhan a' bhuidheann ciamar a b' urrainn do seo a' buntainn ris a' choimhearsnachd aca. Faodaidh sibh barrachd ùine airson smaoineachadh a thoirt do sgoilearan le bhith iarraidh orra dà chairt a thaghadh aig an toiseach agus a ghabhail beagan mionaidean airson beachdachadh.

Nuair a bhruidhinn na buidhnean air a h-uile cairt mathroinn, bu chòir dhaibh feuchainn an cuir ann an òrdugh greadan a thaobh na coimhearsnachd aca fhèin. Tha ceithir cairtean bàn ann airson 's gun cuir sgoilearan mathroinn a bharrachd dhan choimhearsnachd aca ann.

Iarraibh air gach buidheann a thoirt fios air ais air an òrdugh aca dhan chlas agus faicibh mar a tha na buidhnean eadar-dhealaichte. An uair sin iarraibh air na buidhnean a chur seachad beagan mionaidean a' smaoineachadh air fuasglaidhean airson cuid de na trioblaidean. 'S urrainn dhuibh seo a chleachdadh anns a' gheama fodha.

Builean ionnsachaidh

- A' leasachadh sgilean connaltraidh
- A' togail misneachd
- A' togail agus a' co-roinneadh beachdan
- A' dearbh-aithneachadh tèaman
- A' brosnachadh sgoilearan a thoirt seachad adhbharan airson nam beachd aca
- A' brosnachadh nan sgil èisteachd agus geàrr-iomraidh.
- A' prìomhachadh mathroinn na coimhearsnachd aca fhèin

geama: balla gu balla

Sheas a h-uile duine ann am buidhean mòr ann am meadhan an àite. 'S dòcha gum biodh agaibh ri bùird a ghluasad.

Cuiribh leubail AONTACHD air aon taobh an t-seòmair, EASAONTACHD air an taobh eile agus MÌ-CHINNT anns a' mheadhan.

Taghaibh aon de na molaidhean bhon gnìomh-buidhinn (os cionn). Faodaidh sibh feadhainn a dhèanamh, measgaibh iad agus dèanaibh fear spòrsail aig an toiseach airson blàthachadh - tha seo airson am brosnachadh a bhruidhinn agus thoirt adhbharan airson na beachdan aca.

Leughaibh a-mach am fuasgladh agus iarraibh air na sgoilearan gluasad gu taobh seach taobh den seòmair, no anns a' mheadhan, a rèir na beachdan aca. Tha dè cho faisg 's a tha iad air na ballachan a' riochdachadh dè cho cinnteach is a tha iad den bheachd aca.

Iarraibh air saor-thoilichean bho gach taobh (agus a' mheadhan) mineachadh gu luath carson a thaghadh iad an àite. Nuair a tha sibh air cluinntinn bho gach taobh, faodaidh sibh faighneachd ma tha duine airson gluasad as dèidh na argamaidean a chluinntinn.

Eadar-roghnach nas àirde

Iarraibh air na sgoilearan dol gu gach taobh mar a thèid a mhìneachadh. Nuair a tha iad anns an àite, mìnichibh gu bheil na ballachan air atharrachadh dhan taobh eile. Iarraibh air na sgoilearan adhbharan a thoirt seachad airson an taobh air a bheil iad a-nis, an aghaidh na beachdan aca fhèin - 's e sgil cudromach a th' ann an seo airson deasbad.

aimsir searbh

tuileachadh

ceannairceachd

an cnatan mòr

**tinneas beathaichean
a' sgaoileadh**

fàilleadh goireasan

aonarachd

eucoir

**burraidheachd
air-loidhne**

cion-cosnaidh

a' coimhead air tapachd

gnìomh pearsanta: dè cho tapach 's a tha thu?

Cuidichidh an ceisteachan a' cheart-aghaidh sgoilearan ann am beachdachadh air diofar pàirtean de tapachd pearsanta agus a' smaoinichadh air dè cho tapaidh 's a tha iad.

Bu chòir do sgoilearan seo a dhèanamh nan aonar. 'S dòcha gum bi e iomchaidh a' co-roinneadh na sgrìobh iad ann am buidhnean beaga. Iarraibh air sgoilearan coimhead air gach aithris agus còmharrachadh a' chearcail a rèir dè cho misneachdail 's a tha iad ann an gach roinn, le meadhan a' chearcail a' ciallachadh as dith-mhisneachdail agus taobh a-muigh a' chearcail a' ciallachadh as misneachdail.

Nuair a tha sgoilearan air seo a dhèanamh nan aonar, bu choir dhuibh iarraidh orra obair ann am buidhnean aairsom mòlaidhean a thogail air ciamar a leasachas iad misneachd anns na roinn seo. Air an taobh eile, bu choir dhuibh iarraidh air gach buidhean sealltainn air roinn agus beachdan a thogail. Thoir fios air ais dhan chlas.


Aig deireadh an gnìomhachas deasbaid seo bu choir dhuibh iarraidh air sgoilearan an duilleag-obrach seo a' lìonadh a rithist airson faicinn far a bheil iad air fàs ann am misneachd.

Builean ionnsachaidh

- A' brosnachadh sgoilearan a bheachdachadh air tèaman tapachd pearsanta
- A' togail agus a' co-roinneadh beachdan
- A' brosnachadh sgoilearan a choimhead air na neartan agus comasan aca
- A' brosnachadh sgoilearan a choimhear air doighean anns am b' urrainn dhaibh an tapachd aca a meudachadh
- A' cuideachadh sgoilearan a chum siùil air an adhartas pearsanta

tapachd na coimhearsnachd agus an cuibhle shanarri

Tha Tapachd na Coimhearsnachd gar cuideachadh a bhith deiseil airson suidheachaidhean mì-fhàbharach agus dùbhlanaich. Chuir sinn ann a' Chuibhle Sunnd bho Ga Fhaighinn Ceart Airson Gach Leanabh (GFCAGL) airson gur cuideachadh anns a' chomhradh a stiùireadh.



Dè cho math 's a tha ar sgoil gar cuideachadh a thuigsinn ciamar a b' urrainn do daoine eile sa choimhearsnachd a' cur taic ri togail tapachd na coimhearsnachd agus am b' urrainn dhut faireachdainn...

0 = dona, 10 = sgoinneil

Sàbhailte?

Fallain?

Coileanadh?

Altramte?

Froganta?

Measail?

Creideasach?

An lùib?

dè cho tapaidh 's a tha thu?

Seall air gach aithisg an seo agus dèan còmharran air an loidhne a rèir dè cho misneachdail is a tha thu a' faireachdainn mu gach rud. Tha meadhan a' chearcail a' ciallachadh as dìth-mhisneachdail agus taobh a-muigh a' chearcail a' ciallachadh as misneachdail.

Ma tha rudeigin doirbh dhomh 's urrainn dhomh obrachadh a-mach dòigh a fhuasgail an duilgheadas.

Tha misneachd agam a' bruidhinn mu na tha tachairt san t-saoghal agus anns a' choimhearsnachd ionadail agam.

Tha mi comhfhurtail agus misneachdail nuair a tha mi a' bruidhinn gu poblach.

Tha fios agam mar a bhios mi sàbhailte air loidhne.

Tha mi ag obair math ann am buidheann: 's urrainn dhomh èisteach ri daoine eile agus a chur mo bheachdan air adhart cuideachd.

Tha mi a' tuigsinn mara chumas buidhnean agus daoine ionadail ar coimhearsnachdan sàbhailte.

'S urrainn dhomh daoine eile a thoirt dom thaobh.

Tha mi a' gabhail pàirt ann an sreath de gnìomhachasan agus tha mi mothachail air na sgilean agus comasan agam fhèin.

Tha fios agam ciamar a nì mi taghan sàbhailte agus fallain mu na rudan a nì mi.

Tha fios agam far an tèid mi agus cò dha a bhruithneas mi ma tha feum agam air cuideachadh.

Ma tha mi ag ionnsachadh mu cuspair ùr, tha fios agam ciamar a rannsachas mi fiosrachadh air mo cheann fhèin agus tha mi a' tuigsinn an diofar eadar an fhirinn agus beachdan.

Tha misneachd agam ann an suidheachaidhean aineolach (m.e. a' nochdadh ann an clàs ùr no a' tachairt ri daoine ùra).

an fheadhainn a chuidicheas sinn

ro-ràdh

Tha an roinn seo a' dol tro deasbaireachd air diofar daoine (no buidhnean) a chumas ar coimhearsnachdan sàbhailte. Airson sgoilearan nas òige, 's urrainn dhuibh sealltainn air na seirbhisean-èiginn (agus cuideachd an Maor-cladaich, RNLI agus Teasairginn nam Beann ma tha e freagarrach) agus thoirt seirbhis do gach sgiobh a chuireas cùise air adhart air mar a tha an seirbhis seo a' cuideachadh. Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air na cuspairean ro làimh, gus am bi ùine gu leòr aig na sgoilearan airson ullachadh. Bidh an sgioba a tha ag obair còmhla anns an dòigh as fheàrr airson na h-argamaidean aca a thaisbeanadh a' buanachadh. Airson buidhnean nas sine, mholadh sgiobaidhean na cuspairean aca fhèin, stèidhichte air na beachdan aca air cò tha a' cumail na coimhearsnachd sàbhailte no a' brosnachadh tapachd.

fòrmat deasbaid

Anns an deasbad seo, cuiridh gach sgioba cùis air adhart airson taic a thoirt don dhuine no seirbhis aca agus minichidh iad mar a cumas iad a' choimhearsnachd sàbhailte. Anns an deasbad, nì gach sgioba an òraid toiseachaidh aca. Faodaidh seo tighinn bho sgoilear no a bhith ga roinneadh eadar dithis ann an dòigh toiniseil, ach feumaidh na sgoilearan ga roinneadh leotha fhèin.

Às dèidh gach òraid toiseachaidh, faighnichidh ceistear (no dithis) bho sgioba eile ceist no dhà dha na luchd-labhairt. No, faodaidh na sgiobaidhean eile puingean fiosrachaidh a sholarachadh tro na h-òraidean.

Às dèidh a h-uile sgioba na h-òraidean a thoirt seachad, nì neach-labhairt a' gheàrr-iomradh bho gach sgioba òraid bheag airson ath-innse prìomh phuingean an sgioba agus a' toirt beagan breugnachadh air puingean na sgiobaidhean eile.

Tha e suas ribh fhèin dè cho fad 's a bhios na h-òraidean. Tha sinn a' moladh gum bi na h-òraidean toiseachaidh trì mionaidean agus na geàrr-iomraidhean dà mhionaid, ach bidh fhios agaibh fhèin dè cho fad 's a bhios ur sgoilearan a' bruidhinn, agus cuideachd dè an ùine a th' agaibh airson an deasbaid.

Às dèidh na h-òraidean toiseachaidh agus geàrr-iomradh, faodaidh sibh deasbad an làr a dhèanamh a dh'fhaodadh a bhith cho fada is a tha sibh ag iarraidh.

dreuchdan anns an deasbad

Tha diofar dreuchdan ann airson sgoilearan anns an deasbad. Tha cairtean gabhail riochd ri fhaighainn air an ath dhuilleag. Tha cuid de na dreuchdan riatanach agus tha cuid roghainneil, mar sin bidh na tha sibh a' gabhail a-steach dhan deasbad agaibh a rèir mar a stèidhich sibh e. Tha eisimpleirean ri lorg anns a' bhocsa. Bu choir do sgiobaidhean ullachadh còmhla airson an cuspair rannsachadh agus an òraidean a phlannadh.

• NEACH-LABHAIRT TOISEACHAIDH - riatanach

'S e obair an neach-labhairt toiseachaidh a thaisbeanadh òraid mun duine no seirbhis aca às leth an sgioba. Feumaidh iad mineachadh rud beag mun duine/seirbhis aca agus chur air adhart na prìomh argamaidean air ciamar a chuidicheas iad sinn. Feumaidh iad mineachadh anns na h-argamaidean aca carson a tha gach puing acacudromach (argamaidean ADAG) agus feuch ris an luchd-amais a thoirt don taobh gu bheil an tabhartas aca as luachmhor dhan choimhearsnachd.

Airson tèama eile anns an aon fòrmat, iarraibh air na sgoilearan cùis a chur air adhart mu dè an seirbhis èiginn aig am biodh a' bhuaidh as motha dhan choimhearsnachd. Faodaidh sibh na molaidhean anns an roinn A' *Coimhead air Tapachd* a chleachdadh no iarraibh air sgoilearan na beachdan aca fhèin a chruthachadh. No 's urrainn do sgoilearan na dùbhlann a tha aca mar òigridh a dheasbad, mar burraidheachd air-loidhne, trioblaidean slànnte inntinn, a' lorg cinn-uidhe matha. Faodaidh an clas dùbhlann sònraichte a dhearbhadh aithneachadh airson deasbad agus thaisbeanadh na sgiobaidhean diofar fugsaidhean.

Eisimpleirean airson sgiobaidhean

Sgioba le 3 sgoilearan:

- Neach-labhairt toiseachaidh, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, ceistear
- Neach-labhairt toiseachaidh, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, brìtheamh

Sgioba le 4 sgoilearan:

- Neach-labhairt toiseachaidh, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, ceistear, brìtheamh
- Neach-labhairt toiseachaidh x 2, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, brìtheamh

Sgioba le 5 sgoilearan:

- Neach-labhairt toiseachaidh x 2, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, ceistear, brìtheamh
- Neach-labhairt toiseachaidh, neach-labhairt a' gheàrr-iomradh, ceistear, brìtheamh, còidse

• NEACH-LABHAIRT A' GHEÀRR-IOMRADH - riatanach

Tha na h-òraidean geàrr-iomraidh a' tighinn às dèidh na h-òraidean toiseachaidh anns an deasbad. Tha dà obair aig neach-labhairt a' gheàrr-iomraidh: A' dol thairis prìomh puingean an sgioba gu luath, agus an uair sin a' toirt breugnachadh air ais, nuair a sheallas iad air gaisean ann an òraidean nan sgiobaidhean eile no a' dèanamh coimheart eadar an duine/seirbhis aca agus na tha aig an luchd-dùbhlain. Feumaidh luchd-labhairt a' gheàrr-iomraidh na h-òraidean aca a sgrìobhadh tron deasbad, agus faodaidh an ceistear a' cuideachadh le seo, ma tha fear ann.

• CEISTEAR - roghainneil

Faighnichidh an ceistear ceist dha na luchd-labhairt toiseachaidh air na sgiobaidhean eile. Tha e nas fhasa ma tha fios aca ro làimh dè an sgioba ris an cur iad ceist. An àite an dreuch seo a' cleachdadh, faodaidh na sgiobaidhean eile puingean fiosrachaidh a sholarachadh tro na h-òraidean.

• BRITHEAMH - roghainneil

Faodaidh sibh breith a thoirt air an deasbad leibh fhèin, no faodaidh sibh iarraidh air panail sgoilearan a bhith nam britheamhan. Tron ìre ullachaidh, faodaidh na britheamhan ullachadh leis na sgiobaidhean aca, no an ùine seo a chleachdadh a dh'obair còmhla ann am buidheann airson co-dhùnadh a dhèanamh air na slatan-tomhais a bhios iad a' cleachdadh airson breith a thoirt air an deasbad. Tha seo a' cuideachadh nan sgoilear smaoineachadh air na sgillean a dh'fheumas a bhith aca airson a bhith comhairleachail.

• CÒIDSE - roghainneil

'S e dreuchd a' chòidse a bhith cuideachadh rannsachadh agus ullachadh na sgioba agus a' cuideachadh neach-labhairt a' gheàrr-iomradh an òraid aca a sgrìobhadh anns an d. Chan fheum iad bruidhinn ach faodaidh sibh an còidse a bhrosnachadh a dhèanamh puing ann an deasbad an làr.

Ma tha tòrr sgiobaidhean agaibh a' gabhail pàirt, faodaidh sibh an deasbad a roinneadh gu seiseanan nas lugha, gus am bi cuid den òraidean toiseachaidh agus an uair sin cuid den òraidean geàrr-iomraidh. Tha seo ga dhèanamh nas fhasa ri manaidseadh, gu h-àraidh airson luchd-labhairt a' gheàrr-iomradh aig am bi feum co-dhiù air leth phàirt den òraid aca a sgrìobhadh anns an deasbad.

A bharrachd air na dreuchdan seo faodaidh sibh iarraidh air sgoilear no dha an deasbad a cathrachadh, thoirt na luchd-labhairt a-steach agus deasbad an làr a mhanaidseadh, agus cuideigin airson siùil a chumail air an uair.

ullachadh

Iarraibh air sgoilearan smaoineachadh air daoine no seirbhisean a chumas ar coimhearsnachd sàbhailte. Faodaidh sibh an còmhraidh anns an roinn A' Coimhead air Tapachd a chleachdadh gus ur cuideachadh. Dè air a bheil fios aca mar tha mu na daoine/seirbhisean seo? Dèanaibh co-dhùnadh air dè an sgioba a tha riochdachadh gach duine/seirbhis. Thoiribh fiosrachadh agus cairtean an deasbaid dha na sgoilearan. Tha sgoilearan ag obair ann am buidhnean airson dian-bheachdachadh, rannsachadh, argamaidean ADAG a thogail agus an Òraid Toiseachaidh ullachadh. Tha barrachd fiosrachadh mu seo air na duilleagan leantainneach. Rè àm sgrìobhadh nan òraid, faodaidh na còidsean na luchd-labhairt a chuideachadh ann an plannadh, sgrìobhadh agus dol thairis air na h-òraidean aca. Tha seo a' toirt cothrom do sgoilearan nach eil cho misneachdail air bruidhinn am fiosrachadh a chleachdadh.

deasbad

Tron deasbad faodaidh sgoilearan obair luchd-amais a choileanadh. Às dèidh nan òraid, faodaidh sibh deasbad an làr a dhèanamh. An seo, faodaidh an luchd-amais air fad ceistean fhaighneachd, aithris a dhèanamh no òraid bheag a thoirt seachad. Faodaidh sibh obair a thoirt do gach neach-amais airson pàirt a ghabhail ann an deasbad an làr.

iar-sgrùdadh

'S urrainn don seisean iar-sgrùdadh a bhith fìor chuideachail airson co-dhaingneachadh an fhiosrachaidh a bhathar a' cruinneachadh anns a' phlannadh agus an deasbad. 'S e cothrom air leth a th' ann airson beachdachadh air an luchd-labhairt as comhairleachail. Carson? Dè na h-argamaidean a thàinig am bàrr anns an deasbad? An do dh'atharraich sgoilear sam bith am beachd mu cuspair sam bith? Ma tha britheamhan agaibh, iarraibh orra ais-mholadh a sholarachadh, no cleachdaibh gnìomh an luchd-amais mar gnìomh airson buidheann no an clas air fad.

'S dòcha gum bi sibh airson an ìre ullachaidh seo a dhèanamh thairis air leasan gus tèid beagan rannsachaidh a dhèanamh airson obair-dhachaigh.

Faodaidh a' gabhail pàirt ann an deasbad an làr a bhith na deagh dhòigh misneachd a thogail agus a' gluasadh bho faighneachd ceist bheag, gu a' dèanamh òraid beag, gu a' bhith na prìomh neach-labhairt aig deireadh a' chuis.

Airson gnìomhachasan iar-sgrùdadh eile, faodaidh sibh postairean no taisbeanaidhean a dhèanamh airson gach seirbhis.

deasbad: an fheadhainn a chuidicheas sinn

Tha thu a' dol a dhèanamh deasbad mu daoine no seirbhisean a tha a' cumail ar coimhearsnachdan sàbhailte agus gar dìon ann an èiginn. Riochdaichidh gach sgioba duine no seirbhis eadar-dhealaichte agus a' feuchainn ri dearbhachadh air an luchd-amais carson a tha do dhuine no seirbhis a' cluich pàirt cudromach anns a' choimhearsnachd agad. Innsidh do thidsear dhut cò mu dheidhinn a bhios tu a' bruidhinn.

Uaireann tha e cuideachail slatan-thomais a chleachdadh nuair a tha thu a' coimeas bun-smuaineann/daoine/rudan ann an deasbad. Mar eisimpleir, 's e deasbad glè gròigeach a th' ann an deasbad mu dheidhinn ma 's e ubhlan no oraindearan as fheàrr. Ach ma tha aon sgioba ag ràdh 'tha sinne a' smaoineachadh gur e am meas a tha ag obair ann an sailead nam meas as fheàrr', no 'tha sinne a' smaoineachadh gur e am meas as fallaine as fheàrr', bidh an deasbad fada nas soilleir.

Smaoinich mu na tha an duine no seirbhis agad a' dèanamh a tha cho cudromach:

- **Ciamar a chumas iad do choimhearsnachd sàbhailte?**
- **Dè tha iad a' dèanamh a tha gar cuideachadh ann an èiginn?**
- **An urrainn dhut smaoineachadh air suidheachadh far an robh thu, do theaghlach no do charaidean a' cuideachadh leis an duine no seirbhis seo?**
- **Dè na sgilleann air a bheil iad feumach airson an obair aca a dhèanamh gu ceart?**
- **Dè 's urrainn dhaibh theagaisg dhuinn mu dheidhinn a bhith sàbhailte?**

Anns an deasbad, nì gach sgioba òraid toiseachaidh a' mìneachadh do dhuine agus carson a tha iad sònraichte. Às dèidh a h-uile sgioba na h-òraidean a thoirt seachad, nì neach-labhairt a' gheàrr-iomradh bho gach sgioba òraid bheag airson ath-innse prìomh phuingean an sgioba dhan luchd-amais agus a' toirt beagan breugnachadh air puingean na sgiobaidhean eile, agus cuideachd a' dèanamh coimheartan eadar an duine agad agus na th' aig do luchd-dùbhlain. Thèid na òraidean geàrr-iomradh a sgrìobhadh anns an deasbad fhèin.

Innsidh do thidsear dhut dè cho fada 's a bhios na h-òraidean. Feumaidh sibh ag obair mar sgioba airson ur n-òraideadh ullachadh.

Tha diofar dreuchdan anns an deasbad seo. Seall air na cairtean gabhail riochd agus dèan co-dhùnadh air cò nì gach dreuchd anns an sgioba agad.

cairtean gabhail riochd airson deasbad

neach-labhairt toiseachaidh

'S e obair an neach-labhairt toiseachaidh a thaisbeanadh òraid mun do dhuine no seirbhis aca às leth an sgioba agad. Feumaidh tu mìneachadh rud beag mu do dhuine no seirbhis agus ciamar a chumas iad do choimhearsnachd sàbhailte. Feumaidh tu mìneachadh carson a tha gach puing cudromach le bhith dèanamh ADAG de na h-argamaidean agad. Faodaidh tu stiùradh an structar làbhairt a cuideachadh ann am plannadh do òraid.

neach-labhairt a' gheàrr-iomradh

Tha thu a' bruidhinn às dèidh na h-òraidean. Tha dà obair agad: ag ath-innse dhan luchd-amais prìomh phuingean an sgioba agad agus a' toirt beagan breugnachadh air puingean na sgiobaidhean eile, far a bheil thu ag ràdh carson a tha cuid den argamaidean aca ceàrr.

Feumaidh tu do òraid a sgrìobhadh tron deasbad, agus faodaidh do sgioba chuideachadh le seo.

ceistear

Feumaidh tu ceist a chur don neach-labhairt toiseachaidh air sgioba eile. Bidh fios agad ro làimh dè an sgioba ris an cur thu ceist.

Feuch gu bheil do cheist ceangailte gu aon de na puingean as cudromaiche aca, ma 's urrainn dhut.

còidse

Tha obair agad a' cuideachadh an sgioba ullachadh. Bidh thu a' suidhe ri taobh neach-labhairt a' gheàrr-iomradh anns an deasbad agus faodaidh tu a chuideachadh an òraid aca a sgrìobhadh anns an deasbad.

Faodaidh tu cuideachd puingean a dhèanamh ann an deasbad an làr.

britheamh

Tha obair agad a' toirt breith air an deasbad. Smaoinich air mar a dh'obair na sgiobaidhean còmhla airson an cuspair aca a thaisbeanadh.

'S dòcha gum bi agad ri ais-mholadh a thoirt don luchd-labhairt. Ma tha, dèan e cuideachail airson 's gum fàs an luchd-labhairt nas fheàrr. Mar eisimpleir, can dà rud a chòrd riut mu gach òraid agus rud eile a b' urrainn dhaibh obair air.

cathraiche

Tha obair agad a' manaidseadh an deasbad. Feumaidh tu an luchd-labhairt a thoirt a-steach agus dèanamh cinnteach gum bruidhinn iad airson an ùine cheart. Faodaidh tu maor-ama fhaighinn gus do chuideachadh anns na h-òraidean.

Ma tha deasbad an làr ann, feumaidh tu faighneachd dhan luchd-amais pàirt a ghabhail agus faodaidh tu iarraidh air an luchd-labhairt fhreagairt.

a' dèanamh an deasbaid

Tha an roinn seo a' dol tron phròiseas airson plannadh agus ullachadh airson deasbad air *an Fheadhainn a chuidicheas sinn*. Tha Deasbad an Rathad a' togail beachdan agus tha sgoilearan a' toiseachadh a dheasbaireach sa bhad. Faodaidh sgoilearan obair ann am buidhnean gus na h-òraidean aca ullachadh agus gheibh iad misneachd bho an taisbeanadh gu buidhean eile. Ullaich sinn dà dhiofar duilleagan-obrach aison ullachadh nan òraid-toiseachaidh agus faodaidh sibh an cleachdadh gus sgoilearan a chuideachadh na h-òraidean aca a chruthachadh. Tha barrachd stiùireadh anns an darna fear airson sgoilearan nas òige no luchd-labhairt nas neo-eòlaiche. Sholar sinn plana airson gearr-iomradh cuideachd.

geama: deasbad an rathad

'S e dòigh spòrsail a th' ann an deasbad an rathad airson deasbaireach a mholadh gu clas agus beachdan a thogail. Tha iad a' cur cuideam air impidh, sgilean smaoineachaidh luath agus breugnachadh.

Earrannaichibh an clas gu dà bhuidhean agus dèanaibh dà loidhne beagan slatan bhon a chèile agus a' coimhead air a chèile. Thaghaibh cùspair airson deasbad an rathad- faodaidh seo a bhith spòrsail no trom. Bu choir gum bi seo na cùspair 'aontaich/easaontaich' m.e. 'Am bu choir dhomh stuthan Malairt Chothromach a cheannachd?' no taghadh eadar dà rud, mar eisimpleir a bheil Nollaig no co-là breith nas fheàrr? Airson ullachadh airson an deasbad air an fheadhainn a chuidicheas sinn faodaidh sibh coimhear air na buannachdan (no mathroinnean) aimsir teth no fuar. No faodaidh sibh tomhais a dhèanamh eadar dà seirbhis èiginn.

Iomruinibh aon taobh dhen chuspair gu aon loidhne agus an taobh eile dhan loidhne eile. Seas an tidsear (no sgoilear eile) eadar an dà loidhne. Tha a' chiad neach-labhairt air taobh na pàipear a' toirt seachad adhbhar carson a tha pàipear as feumaile. Ma tha neart aig a' phuuing ghabh an duine anns a' mheadhan ceum a dh'ionnsaigh an taobh sin - nas neartmhòr an argamaid, nas motha an ceum. Mur a h-eil an duine cinnteach, tha iad a' fuireach anns a' mheadhan. An uair sin iarraibh air a' chiad neach-labhairt anns an loidhne eile carson a tha gloidhne nas fheàrr, agus cumaibh oirbh mar sin, a' dol sìos na loidhnichean gus an neach-labhairt mu dheireadh.

gnìomhachas-buidhne: dian-bheachdachadh agus a' leasachadh argamaidean

Nuair a tha fios agaibh dè an cuspair a bhios sibh a' deasbaireachd 's urrainn dhuibh toiseachadh a dh'obair anns na buidhnean agaibh gus beachdachadh air na h-argamaidean agaibh.

Cleachdaibh pios pàipear mòr airson sgiobhadh sìos a h-uile beachd air a bheil sibh a' smaoineachadh. Seallaibh a-rithist aig na puingeann agaibh. A bheil fheadhainn a bharrachd a dh'fhaodadh a dol ann? Aig an ìre seo tha e cudromach gu bheil sibh a' smaoineachadh air an uiread 's a ghabhas de phuingeann. Faodaidh sibh an fheadhainn as fheàrr a thaghadh nas anmoiche. Ma tha fios agaibh dè an rud a th' aig an sgioba eile, feuchaibh gun smaoinichibh air argamaidean a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus am bi sibh deiseil airson breugnachadh.

A bheil gin de na puingeann agaibh ag ràdh an aon rud? An urrainn dhuibh ceangal a dhèanamh eadar puingeann le tèama? Dèanaibh loidhnichean eadar na puingeann agus feuchaibh gun cur sibh iad ann an tèaman. An uair sin faodaidh sibh an togail gu argamaidean.

Seallaibh air am fiosrachadh mu dheidhinn argamaidean A.D.A.G. Cleadaibh na trì puingeann às làidir agaibh agus dèan A.D.A.G. leotha. Feuchaibh gum bi sibh cho comhairleachail is a b' urrainn dhuibh. 'S dòcha gur e Adhbhar a th' ann an cuid den phuingeann agaibh ach gur e Deasmas a th' ann am fheadhainn eil agus mar sin feumaidh sibh dol air ais agus innse an Adhbhar.

Builean ionnsachaidh

- A' leasachadh sgilean connaltraidh
- A' brosnachadh sgilean smaoineachaidh luath
- A' leasachadh misneachd a bhith bruidhinn air beulaibh daoine eile
- A' brosnachadh sgilean èisteachd
- A' togail beachdan agus a' dèanamh measadh air fiosrachadh
- A' brosnachadh sgilean breugnachaidh
- Ag aithneachadh argamaidean nas làidire no nas laige

Faodaidh sibh deasbad an rathaid a chleachdadh airson cuspair sam bith, a' gabhail a-steach gluasadan no cùisean gu ìre iomadh-fhillte.

Tha dian-bheachdachadh math airson sgoilearan nach eil cho comhfhurtail ann an deasbad, oir faodaidh iad pàirt a ghabhail gun a bhith bruidhinn airson ùine fhada anns a' phoblach, agus tha seo a' togail misneachd.

Builean ionnsachaidh

A' cuideachadh nan sgoilear smaoineachadh mu strùctar agus plannadh

- A' brosnachadh analais phuingeann
- Ag ullachadh còlasach agus argamaidean airson nan òraid
- A' cuideachadh sgoilearan ann an diofar a dhèanamh eadar an fhirinn agus beachdan
- A' cuideachadh a bhrosnachadh sgoilearan a thoirt fianais taic seachad

argamaidean a.d.a.g agus structar làbhairt

Chan eil e gu leòr dìreach às-earrannan a thoirt seachad ann an dòchas gum bi an luchd-amais a' tuigsinn carson a tha na puingead agaibh cudromach. Bu choir gum bi na h-argamaidean agaibh soilleir, leasaichte agus buintineach. 'S e dòigh cuideachail a th' ann an A.D.A.G airson agramaidean a chur ri chèile: Adhbhar, Deasmas, Analais, Goireas-ceangal Tha e a' cuideachadh an luchd-amais a leantainn am puing agaibh agus tha e a' dèanamh na h-argamaidean agaibh nas èifeachdaich agus comhairleachaile.

Adhbhar: Tha sinn a' crieidsinn seo (ar puing).

Deasmas/fianais: Tha seo mar a tha fios againn gu bheil e fìor - thoir deasmas no fianais airson taic.

Analais: Tha ar puing cudromach air sgàth 's seo. Smaoinich air iarbhàilean, toraidhean....

Goireas-ceangail: Dèan ceangail ri cuspair ur sgioba - tha a' phuig a' cuideachadh ar taobh air sgàth 's seo.

Nuair a tha sibh a' dèanamh A.D.A.G. leis na puingean agaibh, feuch ris na puingean a chur ri chèile gus am bi a h-uile argamaid agaibh stèidhichte air tèama no ceann-cuspair.

structar làbhairt

Tha strùctar soilleir a' ciallachadh gum bi e nas fhàsa èisteachd ri òraid agus ga thuigsinn.

- **Ro-ràdh** - Dèanaibh ceangal leis an luchd-amais agus cleachdaibh ro-shealladh de na puingean agaibh (agus ro-shealladh puingean an sgioba agaibh, ma tha e iomchaidh). Tha seo a' ciallachadh gum bi tuigse aig an luchd-amais air dè bhios a' tachairt, mar mapa.
- **Susbaint na h-Òraid** - Bu choir do gach òraid coimhead air dà na trì argamaidean cudromach. Cleachdaibh puist-shoidhne soilleir anns an òraid agaibh gus cuideachadh an luchd-amais a' cumail suas le slighe-stiùiridh na h-òraid.
- **Co-dhùnadh** - Dèanaibh ath-shùil ghoirid air na thuirt sibh agus carson a tha an taobh agaibh a' buannachadh, agus fàgaibh ceist no rud airson beachdachadh air aig an luchd-amais.

Cuimhnichibh Riaghailt an Trì 'Can na tha thu a' dol a ràdh, can e, agus can na thuirt thu'! Tha òraid le deagh structar eadar dhealaichte bho òraid sgriobhte, mar sin cleachdaibh notaichean mar stiùireadh an àite sgrìobt. Le practas tha seo a' fas nas fhasa agus gur cuideachadh a bhith nas comhairleachail agus misneachdail.

Buidhean-obrach airson deasbaid

gnìomhachas-buidhne: ag ullachadh agus a' libhrigeadh na h-òraid agaibh

Tha sibh a-nis a' dol a sgrìobhadh na h-òraid tòiseachaidh agaibh, a bhios ur buidheann a' taisbeanadh gu sgioba eile. Feumaidh sibh obair còmhla mar sgioba gus na puingeann rannsachadh agus faodaidh sibh na plannaichean òraid a chleachdadh gus na puingeann a chur ann an òrdugh.

Tòisichibh leis na h-argamaidean A.D.A.G agaibh - nì seo a' phàirt as motha den òraid, mar sin dèanaibh co-dhùnadh air an òrdugh anns am bi iad a' dol.

Nuair a tha a' phàirt as motha den òraid agaibh deiseil, seallaibh air an ro-ràdh agus a' cho-dhùnadh. Còmhla ris an ro-shealladh agus ath-shùil nam puing agaibh, feumaidh toiseach agus deireadh làidir a bhith aig na h-òraidean agaibh. 'S e deagh chothrom a th' ann an seo dhuibh ùidh an luchd-amais a ghlacadh aig an toiseach, agus gan fàgail le rudeigin airson beachdachadh air aig an deireadh.

Na sgrìobhaibh na puingeann agaibh a-mach uile gu lèir - ma tha notaichean le faclan cudromach no puingeann goirid tha e nas fhasa gan libhrigeadh gu làidir. Cha bu choir dhuibh A-RIAMH ur n-òraid leughadh a-mach.

Ma tha dà neach-labhairt toiseachaidh agaibh, dèanaibh co-dhùnadh air cò tha dol a libhrigeadh gach pàirt den òraid. Dèanaibh cinnteach gu bheil rud eadar-dhealaichte aig gach duine agus nach eil sibh ag ràdh na h-aon puingeann a-rithist (ach anns an ro-shealladh agus ath-shùil).

Taisbeanaibh an òraid agaibh gu buidheann eile. Bithibh deiseil airson ceistean a fhreagairt bho gach duine anns an sgioba eile às dèidh na h-òraid agaibh. Air an taobh eile, bu choir don sgioba eile puingeann fiosrachaidh a dhèanamh anns na h-òraidean (faicibh gu h-ìosal).

Tha gach buidheann a' toirt beagan ais-mholadh dhan bhuidheann eile. Dèanaibh e posataibh, cuideachail agus co-structach, m.e. 2 rionnag agus dòchas.

Builean ionnsachaidh

- A' leasachadh sgilean connaltraidh
- A' leasachadh misneachd ann an libhrigeadh òraidean
- A' brosnachadh sgilean smaoineachaidh luath
- A' brosnachadh sgilean èisteachd
- A' brosnachadh agus a' leasachadh sgilean breugnachaidh
- A' leasachadh sgilean ann an òraidean a chruthachadh
- A' brosnachadh obair-sgioba

alt-obrach an deasbad: puingeann fiosrachaidh (p.o.i.s)

'S e stadan beaga tron òraid a th' ann am puingeann fiosrachaidh, far am faod an taobh eile iomradh dhan neach-labhairt. Faodaidh seo a bhith na firinn, ceist, aithris no dùbhlàn. Tha a' dhèanamh POI math a' sealltainn gu bheil sibh ag èisteachd agus a' freagart ri na tha an taobh eile ag ràdh.

Mar is trice aig toiseach agus deireadh na h-òraid tha 'àm glèidhte' ann far nach faodar POI a dhèanamh, agus bithear seo a' siognaileadh leis a' mhaor-ama. Tha seo 30 diog aig toiseach agus deireadh òraid 3 mionaidean, no mionaid ann an òraidean nas fhaide.

Airson POI a dhèanamh, seas suas agus can "Puing fiosrachaidh". Cuimhnichibh nach fheum an neach-labhairt a gabhail ris a' phuig, agus faodadh iad freagairt "siuthad" no "chan ann an-dràsta". Tha e math co-dhiù aon POI a ghabhail tron òraid, agus feuchaibh gun tabhaich sibh co-dhiù aon ann an gach òraid a th' aig an taobh eile.

- Sgrìobh sìos a' chèist gus nach dèan thu mearrachd dheth, no faodaidh tu a chur air adhart ri do phàirtear.
- Bu choir don POI agad a làithreach - na rach air ais gu rudeigin a thuirt iad nas tràithe anns an òraid.
- Ma 's e an neach-labhairt a th' annad, feuch gum freagair thu am POI nuair a thèid e a dhèanamh: na can "uill, tha sin agam nas anmiche san òraid agam..."
- An rud as cudromaiche, feumaidh POI a bhith GOIRID, GEUR AGUS BUINTINEACH! (Nas lugha na 15 diog)

geama: geama nam puing fiosrachaidh

Tha an geama seo a' brosnachadh sgoilearan a bheachdachadh air taobhan-seallaidh agus cuideachd a' tabhachadh cothrom do sgoilearan a dh'fhaodadh a bhith faireachdainn mì-chofhurtail a' deasbaireachd no a' bruidhinn gu poblach, oir 's urrainn dhaibh pàirt a ghabhail anns a' ghèama le bhith tabhachadh puingean fiosrachaidh goirid. 'S e deagh dhòigh a th' ann an seo airson toiseachadh sgoilearan a' bruidhinn gu poblach agus gan cuideachadh ann an misneachd a thogail.

Bruidhnidh neach-labhairt ('s e an tidsear a bhios anns a' chiad neach) air cuspair connspaideach airson mionaid no dhà, mar eisimpleir 'Tha mi a' creidsinn nach bu choir clann a bhruidhinn'. Feumaidh an neach-labhairt an cuspair connspadeach a dh'anacladh le bhith toirt seachad adhbharan agus eisimpleiran agus feumaidh an clas puingean fiosrachaidh a thabhachadh. Nì iad seo le bhith seasamh suas agus ag ràdh 'puing fiosrachaidh'. Tha an neach-labhairt a' gabhail ris a' Phuing Fiosrachaidh le pongachadh aig an duine agus ag ràdh 'siuthad' no a' seachnadh a' puinge, ag ràdh 'chan ann an-dràsta'.

Ma tha an neach-labhairt ag ràdh 'siuthad', feumaidh an ceistear puing fiosrachaidh a thabhachadh. Nuair a chaidh am puing a thoirt, feumaidh an neach-labhairt am puing fhreagairt nuair a tha iad a' leantainn leis an òraid aca. Faodaidh sgoilearan tursan a ghabhail a bhith na neach-labhairt.

alt-obrach an deasbad: breugnachadh

'S e aon dè na prìomh rudan a tha dèanamh diofar eadar deasbaireachd agus bruidhinn gu poblach a th' ann an breugnachadh, oir tha seo far a bheil sabaid eadar beachdan a' tachairt. Tha *breugnachadh foghail* ann, far a bheil sibh a' feuchainn air na thuirt an sgioba eile, agus cuideachd *breugnachadh dìonadach* far a bheil sibh ag ràdh carson a tha na h-argamaidean agaibh nas làidir na am breugnachadh air thabhachadh leis an sgioba eile. 'S e an rud as cudromaiche a bhith ag ÈISTEACHD agus a' FRITH-GHLUASAD ris na tha an taobh eile ag ràdh, agus a' mìneachadh puing air phuing carson a chreid sibh gu bheil iad ceàrr. Tha e an-còmhnaidh nas fheàrr breugnachadh prìobh argamaidean an neach-dùbhlain agaibh an àite a' criomadh aig puingean beaga. Direach mar a dh'fheumadh sibh innse dhan luchd-amais carson a tha ur puingean cudromach, bu choir dhuibh innse carson a tha ur breugnachadh cudromach m.e. air sgàth 's gu bheil e a' fagail an argamaid as cudromaiche aig an sgioba eile gun bhonn seasaidh no gu bheil e a' sealltainn gu bheil aon de na h-argamaidean as motha aca stèidhichte air beachd ceàrr. Nuair a tha sibh a' rannsachadh, smaoinichibh air na bhios aig an taobh eile ri ràdh agus cleachdaibh seo airson breugnachadh na puingean follaiseach. Ach, feumaidh sibh a bhith sùbailte agus feumaidh sibh an-còmhnaidh breugnachadh na puingean a thuirt an luchd-labhairt eile, an àite na puingean a bha sibh an dùil ris!

- Ma breugnaicheas sibh na puingean as làidire tha e nas dàicheile gum bhunaich sibh an deasbad.
- Feuch an smaoinich sibh ro làimh na chanas an taobh eile gus am bi sibh nas ullaichte.
- Sgrìobhaibh sìos na chanas an neach-labhairt gus am b' urrainn dhuibh breugnachadh cheart a dhèanamh puing air phuing.
- Dèanaibh e aig toiseach na h-òraid agaibh mus tèid sibh air adhart gu na prìomh argamaidean agaibh.
- Na bithibh eagal oirbh roimhe!

geama: tha mi ag easaontachadh gu mòr...

Geama feumail agus luath a dh'fhaodadh a chuideachadh a chleachdadh dòighean-obrach breugnachaidh agus comasan dèiligeadh ri p.o.i.s.

Nì aon sgoilear aithris ('s dòcha gur e aithris trom, gòrach, cuspaireil, connspaideach no follaiseach a bhios ann). Feumaidh an ath dhuine freagairt ris an aithris, ag ràdh 'tha mi ag easaontachadh gu mòr' agus a' toirt adhbhar carson. Mar eisimpleir:

Sgoilear A – "Tha mise a' creidsinn gur e call ùine a th' ann am poilitics"

Sgoilear B – "Tha mi ag easaontachadh gu mòr. Tha poilitics glè chudromach oir tha luchd-poilitigs a' dèanamh co-dhùnidhean a tha a' buntainn ri gach pàirt de na beathannan againn."

Nise, 's e an turas aig Sgoilear B a th' ann:

Sgoilear B – "Tha mise a' creidsinn gum bu choir dhuinn prìs an rathad a thoirt a-steach anns an RA"

Sgoilear C: – "Tha mi ag easaontachadh gu mòr. Tràth ann an 2007, shoidhne barrachd na 1.8m daoine anns an RA athchuinge ag ràdh nach robh iad ga iarraidh."

plana na h-òraid

ro-ràdh (ro-ràdh, ro-shealladh, luchd-amais cromag)

adhbhar

deasmas

analais

goireas-ceangal

adhbhar

deasmas

analais

goireas-ceangal


adhbhar

deasmas

analais

goireas-ceangal

co-dhùnadh (innis dhan luchd-amais gu bheil sibh a’ co-dhùnadh, ath-shùil, gairm mu dheireadh)



(Cuiribh aithne oirbh) Madainn/feasgar m(h)ath. Is mise...

(Dùisgibh an luchd-amais!) An robh fios agaibh...? Saoilibh...?

Tha mi an seo airson innse dhuibh carson.... air sgàth ‘s...

- A.
- B.
- C.

A. A’ chiad puing agam...
Tha sinn a’ creidsinn...

Tha fios againn air seo air sgàth ‘s...

Tha seo cudromach air sgàth ‘s...

Mar sin (ceangal leis a’ chuspair/gluasad)...

B. An darna puing agam...
Tha sinn a’ creidsinn...

Tha fios againn air seo air sgàth ‘s...

Tha seo cudromach air sgàth ‘s...

Mar sin (ceangal leis a’ chuspair/gluasad)...

C. An treas puing agam...
Tha sinn a’ creidsinn...

Tha fios againn air seo air sgàth ‘s...

Tha seo cudromach air sgàth ‘s...

Mar sin (ceangal leis a’ chuspair/gluasad)...

Ann an co-
dhùnadh...

Thuirt mi ribh...

- A.
- B.
- C.

Agus
cuimhnichimh
...

plana na h-òraid geàrr-iomradh

ro-ràdh (ro-ràdh, ro-shealladh, luchd-amais cromag)

ath-shùil air prìomh puingean an sgioba:

- 1.
- 2.
- 3.

breugnachadh argamaidean bho sgiobaidhean eile:

- 1.
- 2.
- 3.

co-dhùnadh (innis dhan luchd-amais gu bheil sibh a’ co-dhùnadh, ath-shùil, gairm mu dheireadh)

gnìomh an luchd-amais

Rudeigin a chòrd rium gu mòr mun deasbad:
Rudeigin a rinn neach-labhairt glè mhath a tha mi airson ionnsachadh:
Rudeigin a mhothaich mi a dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr:
Ceist a bha mi airson faighneachd anns an deasbad:

gnìomh an luchd-amais

Rudeigin a chòrd rium gu mòr mun deasbad:
Rudeigin a rinn neach-labhairt glè mhath a tha mi airson ionnsachadh:
Rudeigin a mhothaich mi a dh'fhaodadh a bhith nas fheàrr:
Ceist a bha mi airson faighneachd anns an deasbad:

riochdan-chluiche tapachd

ro-ràdh

'S e dòigh air leth a th' ann an riochdan-chluiche airson sealltainn air cuspairean agus cùisean far a bheil barrachd na dà shealladh no taobh-seallaidh. Tha seo na deagh dhòigh airson buidheann mòr a ghabhail a-steach ann an togail beachdan agus tha e cuideachd a' cur cuideam air sgilean comhairleachail. Tha dà dheasbad riochd-chluiche sampla an seo, ach faodaidh tòrr chuspairean a bhith air cleachdadh airson riochdan-chluiche. Dìreach mar a tha e le gnìomh dheasbad sam bith, tha riochdan-chluiche ag obair nas fheàrr le ullachadh agus iar-sgrùdadh, agus anns an leasan "deasbad" faodaidh sibh riochd-chluiche a ruith no barrachd na aon aig an aon àm. Anns gach riochd-chluiche 's e an cnàmh-sgeul a th' ann gun deach coinneamh a chumail airson beachdachadh air cùise a tha a' buntainn ri iomadh buidheann. Feuchaidh na sgoilearan na ball-bhuidhne a riochdachadh agus a' feuchainn ris a' bhuil as fheàrr fhaighinn airson a' bhuidhinn aca.

ullachadh

An toiseach, mìnichibh an cnàmh-sgeul agus brosnachibh na sgoilearan ann an smaoineachadh air na prìomh cùisean agus taobhan-seallaidh. Roinnibh na sgoilearan gu buidhnean, aon airson gach dreuch anns a' choinneamh. Nuair a tha na sgoilearan anns na buidhnean, bu choir dhaibh obair còmhla airson bruidhinn air taobh-seallaidh a' bhuidhinn aig a' choinneamh agus dè am fiosrachadh a dh'fheumas iad rannsachadh. Bu choir do na buidhnean smaoineachadh cuideachd air na roinn a tha iad dèonach a leigeil thairis anns a' bharganachadh. Aig an ìre seo, faodaidh buidhnean a' Chathraiche agus an Naidheachdair a' dian-bheachdachadh air ceistean airson faighneachd anns a' choinneamh agus a' smaoineachadh air na chanas na sgiobaidhean eile.

Thoiribh cairt gabhail riochd do gach bhuidheann (no duilleag leis a h-uile cairt) airson cuideachadh beachdan a thogail.

Bu choir do gach buidheann ball a shònrachadh airson òraid a dhèanamh aig a' choinneamh airson mìneachadh beachdan a' bhuidhinn sin. Às dèidh nan òraid faodaidh roinn airson ceistean an làr a bhith ann, mar a tha tachairt ann an coinneamh plannaidh fìor. Bidh sgiobaidhean ag obair còmhla gus ullachadh na h-òraid airson a' choinneimh, agus faodaidh sibh na plannaichean òraid a chleachdadh airson seo.

Nuair a tha iad ag ullachadh òraid an sgioba, bu choir do sgoilearan a' dol tro na h-aon ceummanan airson dian-bheachdachadh air puingean, a' dèanamh agramaiden A.D.A.G. agus a' cur structar air na h-òraidean aca. Faodaidh iad na plannaichean òraid a chleachdadh airson cuideachadh.

Faodaidh sgoilearan stuthan a' choth-chuairte a dhèanamh cuideachd, mar postairean airson na coinneimh.

deasbad: coinneamh riochd-chluiche

Aig a' choinneamh, bu choir don Cathraiche a' toiseachadh na coinneimh agus a' cur aithne air na buidhnean agus riochdaire gach buidhinn.

Bu choir don Cathraiche an uair sin iarr air a' bhuidheann a bha airson na coinneimh fhaighinn mìneachadh carson a bha iad ga h-iarraidh agus ag oir-tharraing an suidheachadh aca (tha 3 mionaidean aig an neach-labhairt). Às dèidh dhaibh bruidhinn, bu choir don Cathraiche gach buidheann a thoirt a-steach ann an tursan agus gheibh iad uile 3 mionaidean airson suidheachadh a' bhuidhinn aca mìneachadh agus na molaidhean aca airson buil cothromach a thoirt seachad.

Bu choir don Cathraiche an uair sinn faighneachd dhan luchd-amais (ma tha iad ann) ma tha ceistean sam bith aca agus faighinn ceistean bhon làr. No faodaidh an Naidheachdair fhaighneachd nan ceistean air fad.

Às dèidh nan ceist, bu choir do gach riochdaire geàrr-iomradh dà mhionaid a thoirt seachad air an suidheachadh aca agus a' gairm a' bhuil as fheàrr aca. Aig deireadh an Roinn Geàrr-iomradh, bu choir don Cathraiche liosta phuingean a dhèanamh air a bheil na riochdairean ag aontachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil builean cinnteach ann. Ach, ann an cuid de suidheachaidhean, cha tig buidhnean gu co-aonta iomlan. Faodaidh an Cathraiche bhòt a dhèanamh an uair sin.

Airson dòigh eile a stiùireadh a' choinneamh riochd-chluiche, faighibh aon neach bho gach buidheann còmhla airson buidhnean ùra a dhèanamh airson na coinneimh.

Tha seo a' ciallachadh gum bi barrachd na aon riochd-chluiche a' ruith aig an aon àm, ach tha e cuideachd a' ciallachadh gu bheil cothrom aig a h-uile sgoilear bruidhinn, oir ullaich iad nan dreuchdan aca còmhla.



Faodaidh sibh cuideachd leas an iar-sgrùdadh a chleachdadh airson bruidhinn san fharsaingeachd air na dùbhlain an lùib cùisean mar seo.

a' deilbheadh an riochd-chluiche agaibh fhèin

A rèir an cuspair a thagh sibh
airson an riochd-chluiche
agaibh, 's dòcha gum bi
cothrom cuideigin a tha ag
obair anns an roinn seo
fhaighinn airson bruidhinn ris
na sgoilearan airson seìsan
C&F ron deasbad.

Mus tòisich na sgiobaidhean ag ullachadh nan òraid, feumaidh iad co-dhùnadh a dhèanamh còmhla air ma tha iad airson no an aghaidh a’ ghnìomha, dè cho làidir, agus ma tha iad dèonach co-rèiteachadh a dhèanamh. An uair sin faodaidh iad puingean a dhèanamh de cuid de na beachdan aca gus am bi iad ag ullachadh na cairtean dreuchd aca fhèin.

Tha tòrr goireasan cuideachail mu dheidhinn tapachd na coimhearsnachd air na làraich-lìn seo:

Foghlam Alba Tapachd na Coimhearsnachd [https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-\(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5\)/curriculum-areas/community-resilience](https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5)/curriculum-areas/community-resilience)

Ready Scotland (Education) <https://www.readyscotland.org/ready-government/education/>

Ready Scotland (Education) <https://www.readyscotland.org/education/>

Builean ionnsachaidh

- A' brosnachadh measadh agus teagasg sheisean
- A' leasachadh sgilean smaoineachaidh luath
- A' leasachadh sgilean breithneachadh
- A' leasachadh misneachd ann an lìbhrigeadh òraidean
- A' leasachadh sgilean connaltraidh
- A' brosnachadh sgoilearan a ceisteachadh taobh-sheallaidh
- A' brosnachadh obair-sgioba
- A' brosnachadh beachdan a chur an cèill agus deasbad air dùbhlán agus cùisean làithreach

riochd-chluiche buaidh turasachd

cnàmh-sgeul

Tha aitrebhaich iondail a' bhaile bheag, dealbhadaid Srath Bhraonaidh air Eilean Caola air fàs glè dhraghail mun buaidh a th' aig turasachd air a' bhaile. Tha dragh orra gun deach am baile a mhillleadh leis an uiread de luchd-turais agus an uiread de luchd-fuirich beartach a' bhaile mhòr a tha air taighean a cheannach anns a' bhaile. Nise, tha stiùiriche tùsan galldach airson taigh-òsta mòr, ùr a thogail anns a' bhaile. Stèidhich muinntir Srath Bhraonaidh coinneamh airson nan dragh aca a thogail mu turasachd agus airson beachdachadh air àm ri teachd a' bhaile agus a luchd-àiteachaidh.

Tha coinneamh riochdairean bho buidhnean aig a bheil ùidh air fiadhachadh airson beachdachadh air na molaidhean.

- An riaghaltas
- Stiùiriche tùsan galldach
- Buidheann Gnothach Ionadail
- Co-chuideachd an Luchd-fuirich Ionadail
- Naidheachdair
- Cathraiche neo-eisimeileach

cùisean airson beachdachadh

- Dh'obraich an stiùiriche tùsan galldach ann an Srath Bhraonaidh airson bliadhnaichean agus tha iad air tòrr dhaoine a thoirt dhan bhaile.
- Thug luchd-turais galldach tòrr airgead dhan bhaile agus chuidich iad an eaconomachd. Bha seo na cuideachadh gu tòrr gnothachasan ionadail. Ach, tha draghan ann gum fuiricheadh an luchd-turais anns a' bhaile-thurasachd ùr an àite 'Leabaidh is Bracaistean' agus taighean-òsta a' bhaile.
- Ged a thug luchd-turais galldach tòrr airgead dhan bhaile, tha seo a' ciallachadh gu bheil na prìsean anns na bùthan agus taighean-bìdh ro àrd airson daoine a' bhaile fhèin.
- Tha tòrr luchd-turais cho toilichte anns a' bhaile 's gu bheil iad a' ceannachd togalach anns an sgìre agus ga cleachdadh mar bothag-shamhraidh. Tha seo a' cur bacadh air tòrr gnothachasan agus a' putadh prìsean nan taigh suas airson na h-òganaich anns a' bhaile - gus am bi aca ri tòrr a ghluasad air falbh bho Srath Bhraonaidh.
- Tha dragh aig na daoine ionadail gu bheil am malairt turasachd a' dèanamh cron do chultar an Innse Ghall.
- Mur a thèid a' bhaile-thurasachd a thogail ann an Srath Bhraonaidh, tha bailtean eile air Caola aig a bheil ùidh ann agus faodaidh an stiùiriche tùsan galldach gluasad gu bàile nas dìoghrasach ma dh'fheumas iad.

builean le coltachd cho-ionann

- Thèid am baile-thurasachd ùr air adhart mar a bhathar an dùil.
- Thèid am baile-thurasachd ùr air adhart mar a bhathar an dùil.
- Cha tèid am baile-thurasachd ur air adhart ach thèid sùil a thoirt air sgeamaichean eadar-roghnach le maoneachadh bhon riaghaltas.

cairtean gabhail riochd buaidh turasachd

cathraiche

- A' tòiseachadh a' choinneimh agus a' mìneachadh carson a tha e a' tachairt.
- A' mìneachadh na builean le coltachd cho-ionann a' choinneimh.
- A' fiadhachadh riochdairean bho gach buidheann a bhruidhinn.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil gach riochdaire a' bruidhinn dìreach airson 3 mionaidean.
- A' toiseachadh agus a' cumail smachd air Deasbad an Làr.
- A' toiseachadh nan Òraid Geàrr-ìomraidh.
- Ag ainmeachadh na aontachaidhean (ma tha iad ann) eadar na buidhneann.
- A' cur bhòt air dòigh (ma tha feum air).

naidheachdair

- A' cumail notaichean air a h-uile rud a chaidh a thuirt aig a' choinneamh.
- A' faighneachd ceistean ann an àm nan ceist.
- Ag ullachadh aithisg airson an ath-chlas, mar obair-dachaigh. Faodaidh seo a bhith ann an stoidhle air thagh leis an sgoilear (duilleagan-mòra, tabloid msaa) no stoidhle a thagh an tidsear.
- No faodaidh iad aithisg labhairteach a dhèanamh ann an stoidhle naidheachdan ionadail an telebhisean.

buidheann gnothach ionadail

Tha faireachdainn measgaichte agaibh mun baile-thurasachd ùr.

- Bha buaidh aig gnothachas ionadail bho luchd-turais san àm a chaidh seachad agus bidh buaidh aige fhathast.
 - Tha dragh air sealbhaichean nan taigh-òsta agus L&B gun tòir baile-thurasachd mòr gnothachas air falbh. Ach tha sealbhaichean nan taigh-bidh gu math air a shon.
 - 'S dòcha gum fosgail an Stiùiriche Tùrsan a' bhaile-thurasachd ann am baile eile. Bhiodh buaidh mòr dona aig seo air Srath Bhraonaidh.
 - Bu toil le ur bhuidheann barrachd in-ionmhas bhon riaghaltas ann an Srath Bhraonaidh mur an tèid am baile-thurasachd air adhart. Biodh an Ionad Cultarail math airson gnothachas ionadail.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

co-chuideachd an luchd-fuirich ionadail

Tha sibh dùbh an aghaidh na planaichean.

- Ged a tha turasachd math airson gnothachas, tha e a' ciallachadh gun deach prìsean air adhart agus chan urrainn do muinntir an àite an pàigheadh.
- Tha muinntir an àite a' gabhail dragh gum bi tòrr luchd-turais a' tighinn a-staigh dhan àite a' ciallachadh gu bheil an cultar ionadail air chaill.
- Ged am faigh mòran dhaoine ionadail obair leis an Stiùiriche Tùrsan Galldach, 's e obraichean mì-phaighte, ràitheach a bhios ann. B' fheàrr leibh sgeama a leanas gu obraichean nas fheàrr.
- Ach, tha sibh a' gabhail dragh mur an aontaich sibh leis na planaichean, nach cur an riaghaltas airgead a-steach agus tha sibh ag iarraidh fois-inntinn.

Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

oifigear an riaghailtas

Tha sibh airson an leasachadh ùr oir 's dòcha gum bi e a' ciallachadh nach fheum an riaghaltas airgead sam bith a chur a-staigh dhan bhaile.

- Rinn Srath Bhraonaidh tòrr airgead thairis air na bliadhnaichean a chaidh seachad agus tha e a' dèanamh suas.
 - Bu choir do in-ionmhas ann an sgìre iomallach mar seo le companaidh mòr a bhith air brosnachadh. Tha ceanglaichean matha aig an riaghaltas leis a' chompanaidh.
 - 'S dòcha gum tèid Ionad Cultarail nan Innse Gall fhosgladh air an eilean mur an tèid am baile-thurasachd fhosgladh. Ach bhiodh an Ionad Cultarail daor ann an comhad agus bhiodh nas lugha de dh'obraichean ann airson muinntir ionadail.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

stìùiriche tùrsan galldach

Tha sibh gu làidir airson a' bhaile-thurasachd ùr.

- 'S e làrach barrail a th' ann an Srath Bhraonaidh airson a' bhaile-thurasachd ùr, ach tha bailtean eile faisg air làimh far am faod e a' dol ma dh'fheumas e.
- Chuidich am baile-thurasachd an eaconamachd ionadail agus gnothachasan ionadail. Tha an Stiùiriche Tùrsan Galldach ag amas ri obraichean a thoirt do muinntir ionadail.
- Tha sibh measail air cultar na sgìre oir tha e a' còrdadh gu mòr leis an luchd-turais, ach tha sibh a' tuigsinn na draghan a th' aig an luchd-fuirich mu chall a' chultair. Tha sibh a' creidsinn gun cuidich turasachd a chumail a' chultair beò agus gu bheil an leasachadh eile neo-riatanach.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

riochd-chluiche seach-rathad ionadail

cnàmh-sgeul

Rinn an riaghaltas co-dhùnadh seach-rathad mòr a thogail timcheal air a' bhaile eachdraidheil Ath a' Ghainmhich. Tha a h-uile duine ag aontachadh gu bheil dùmhlachd trafaig ann an Ath a' Ghainmhich glè dhona agus gu bheil an tuailleachd a' dèanamh cron dha na sean thoglaichean. Tha coinneamh air fiadhachadh agus tha cuireadh aig buidheann ionadail airson dol ann.

Tha coinneamh riochdairean bho buidhnean aig a bheil ùidh air fiadhachadh airson beachdachadh air na molaidhean.

- Co-chuideachd an Luchd-fuirich Ionadail
- Buidheann Uaine
- Buidheann Gnothach Ionadail
- Buidheann nan Coimiutair
- Naidheachdair
- Cathraiche neo-eisimeileach

cùisean airson beachdachadh

- Leanaidh an seach-rathad gu ìre nas lugha de dùmhlachd trafaig ann an Ath a' Ghainmhich - bidh seo a' ciallachadh gum bi e nas sàbhaiche, nas sàbhailte airson coisichean agus bi inntrig nas fheàrr airson àitichean-parcaidh agus bùithean ionadail.
- Leanaidh an seach-rathad gu ìre nas lugha de thruailleachd ann an Ath a' Ghainmhich, a' ciallachadh dìon nas motha airson nan togalach eachdraidheil ann an Ath a' Ghainmhich. Tha seo na naidheachd math airson an iomairteas turasachd anns a' bhaile.
- Leanaidh an seach-rathad gu nas lugha de dhaoine a' dol tro Ath a' Ghainmhich, agus dh'fhaodadh seo a bhith dona airson gnothachasan beaga anns a' bhaile. Am bi ìre nas lugha no nas motha de malairt ann air sgàth 's an seach-rathad?
- Thèid slighe a tha ann am beachd airson an seach-rathad tro coille, Coille Eldrick, a tha na h-àite ainmeil le muinntir an sgìre airson coiseachd. Chan eil a' choille glèidhte ach tha cuid de na beathaichean a th' innte. A bheil e comasach a' gluasad nam beathach?
- Tha slighe eadar-roghnach ann airson an seach-rathad nach tèid tro Choille Eldrick ach bi e fada nas daoire.
- Bidh an seach-rathad a tha ann am beachd deiseil ann am bliadhna ach 's dòcha gum mhair an slighe eadar-roghnach 4 bliadhnaichean, agus fàsaidh an dùmhlachd trafaig nas miosa anns an ùine sin. Bidh buaidh mhòr aig seo air toglaichean eachdraidheil Ath a' Ghainmhich agus air coimiutairean, nach eil ag iarraidh feithimh ceithir bliadhnaichean.

builean le coltachd cho-ionann

- Thèid slighe an seach-rathad air adhart mar a bhathar an dùil.
- Thèid slighe eadar-roghnach an seach-rathad a thagh an àite an slighe a tha ann am beachd.
- Thèid an seach-rathad air adhart mar a bhathar an dùil ach bidh rannsachadh ann air gluasad beathaichean na coille.

cairtean gabhail riochd seach-rathad ionadail

cathraiche

- A' tòiseachadh a' choinneimh agus a' mìneachadh carson a tha e a' tachairt.
- A' mìneachadh na builean le coltachd cho-ionann a' choinneimh.
- A' fiadhachadh riochdairean bho gach buidheann a bhruidhinn.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil gach riochdaire a' bruidhinn dìreach airson 3 mionaidean.
- A' toiseachadh agus a' cumail smachd air Deasbad an Làr.
- A' toiseachadh nan Òraid Geàrr-iomraidh.
- Ag ainmeachadh na aontachaidhean (ma tha iad ann) eadar na buidhneann.
- A' cur bhòt air dòigh (ma tha feum air).

naidheachdair

- A' cumail notaichean air a h-uile rud a chaidh a thuirt aig a' choinneamh.
- A' faighneachd ceistean ann an àm nan ceist.
- Ag ullachadh aithisg airson an ath-chlas, mar obair-dachaigh. Faodaidh seo a bhith ann an stoidhle air thagh leis an sgoilear (duilleagan-mòra, tabloid msaa) no stoidhle a thagh an tidsear.
- No faodaidh iad aithisg labhairteach a dhèanamh ann an stoidhle naidheachdan ionadail an telebhisean.

buidheann gnothach ionadail

Tha dragh mòr aig a' Bhuidheann Gnothach Ionadail mun seach-rathad.

- Am bi ìre nas lugha de malairt a' dol seachad airson gnothachan ionadail air sgàth 's an seach-rathad? Tha tòrr coimiutairean a' stad anns a' bhaile gach lath agus chan urrainn dhaibh seo a dhèanamh leis an seach-rathad.
- Dè a' bhuaidh a bhios aig an eaconomachd ionadail - an cail daoine na h-obraichean aca?
- A bheil teans ann gum fas gnothach nas fheàrr? Tha intrigeadh pàircidh cho dona aig an àm seo cha b' urrainn do mòran dhaoine faighinn a-staigh gu na bùithean.
- Tha beagan dragh aig na taighean-òsta, bùithean nan tiodhlac agus taighean-bidh mun seach-rathad ach tha iad cuideachd mothachail gu bheil na toglaichean eachdraidheil a' tarraing tòrr luchd-turais.

Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

co-chuideachd an luchd-fuirich ionadail

Tha an Luchd-Fuirich Ionadail ann an dà bharail mun seach-rathad.

- Tha luchd-fuirich ionadail a' smaoinichadh gun tèid prìsean nan taigh suas mur a h-eile an ìre de dùmhlachd trafaig cho àrd.
 - Tha luchd-fuirich ionadail a' creidsinn gum bi a' bhaile nas sàbhailte ma tha nas lugha de càraichean a' dol troimhe.
 - Tha e a' còrdadh ri luchd-fuirich ionadail a bhith a' coiseachd tro Coilltean Eldrick agus a' faicinn nam beathach tearc. 'S e àite math a th' ann airson cuairtean agus cuirmean-cnuice.
 - Tha daoine ionadail cuideachd glè mheasail air na toglaichean eachdraidheil agus tha sibh a' gabhail dragh gun dèan truailleachd leantainneach cron dhaibh.
 - Ged a tha dòigh-imeachd eile ann, bidh e daor agus gabh e mòran bhliadhnaichean a thogail.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

buidheann nan coimiutair

Tha sibh airson an seach-rathad.

- Tha an rathad làithreach tro Ath a' Ghainmhìbh uabhasach airson coimiutairean oir tha e a' cur ùair a thide ris an turas agaibh gu agus bhon obair.
 - Tha coimiutairean a' creidinn gun cuidich an seach-rathad sibh agus muinntir Ath a' Ghainmhìch, oir bidh Ath a' Ghainmhìch nas sàbhailte airson an daoine ionadail.
 - Tha na Coimiutairean a' cur taic ri gluasad nam beathach bhon choille gu àite nas sàbhailte ach chan eil sibh a' smaoinichadh gu bheil an dòigh-imeachd eile na deagh thaghadh.
 - Cuiridh an seach-rathad eile an trioblaid ceart ann an ùine fhada, ach anns a' gheàrr-ùine bi rudan nas miosa.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

buidheann uaine

Tha faireachdainn measgaichte agaibh mun seach-rathad.

- Tha dragh mòr oirbh mun muiseag ro Coille Eldrick oir tha na beathaichean ann glèidhte.
 - Ged nach eil a' choille glèidhte ann an lagh, tha sibh a' creidsinn gu bheil e cudromach gu bheil a' coimhead às an dèidh.
 - Tha sibh ag aontachadh gur e trioblaidean a th' ann an dùmhlachd trafaig agus truailleachd. Tha sibh cuideachd a' gabhail dragh mun a' bhuaidh air toglaichean Ath a' Ghainmhìch.
 - 'S e an rud as cudromaiche airson a' Bhuidheann Uaine gu bheil beathaichean na choille glèidhte.
- Bu choir don bhuidheann agaibh co-dhùnadh a dhèanamh air an cnàmh-sgeul as fheàrr agaibh.

deasbaidean foirmeil

ro-ràdh

'S e deagh dhòigh a th' ann an deasbaidean foirmeil airson sealltainn air cùspair gu domhainn. Ann an deasbad foirmeil tha dà thaobh ann an-còmhnaidh, Tairgsinn agus Taglainn. Ann an seòmar teagaisg faodaidh sibh sgoiba fhaighinn airson gach taobh agus brìtheamhan agus luchd-naidheachd cuideachd. Ann an deasbaidean foirmeil, 's e Glusad an t-ainm a th' air na tha air deasbaireach. Thathar a' cur seo ann am briathran mar "Tha an Taigh seo..."

'S dòcha gum bi deasbaireach foirmeil a' faireachdainn nas strìtheach na deasbaidean iomadh taobh, ach mar is tric tha sgoilearan a' smaointeachadh gu bheil seo spòrsail. Mar ann an deasbadan eile, tha dreuchd ann airson a h-uile duine.

fòrmat deasbaid

'S am fòrmat deasbaid as simplidh a th' anns am Fòrmat Mace. Tha aon sgioba air gach taobh: an Sgioba Tairgsinn (airson) agus an Sgioba Taglainn (an aghaidh). Tha trì òraidean air gach taobh: dà phrìomh òraid agus òraid a' gheàrr-iomradh. Ann an deasbadan strìtheach mar is trice tha dà neach-labhairt air gach taobh agus nì prìomh neach-labhairt òraid a' gheàrr-iomradh. Anns an seòmar teagaisg tha e a' dèanamh ciall gum bi trì luchd-labhairt air gach taobh.

Faodaidh sibh fad nan òraid atharrachadh a rèid eòlas nan deasbairean no an ùine a th' ann. Tha na prìomh òraidean nas fhaide na òraid a' gheàrr-iomradh mar sin ma tha na prìomh òraidean 3 mionaidean, faodaidh òraid a' gheàrr-iomradh a bhith 2 mionaid, no 5 mionaidean agus 3 mionaidean.

Ann an deasbad an làr, faodaidh luchd-amais ceist fhaighneach no luaidh a dhèanamh ri neach-labhairt sam bith. Gabhaibh deasbad an làr airson an ùine a tha iomchaidh - 's e deagh chothrom a th' ann airson 's gum bi sgoilearan eile a' bruidhinn.

Feumaidh luchd-labhairt a' gheàrr-iomraidh na h-òraidean aca a sgrìobhadh tron deasbad (faicibh roinn dreuchdan luchd-làbhairt fodha). Bruidhnidh Neach-labhairt a' gheàrr-iomradh airson an Taglainn an toiseach gus cothrom ceart a thoirt don Tairgsinn breugnachadh a dhèanamh. Tha seo a' cruthachadh inbhe comhad chosnaidh eadar an dà thaobh, a' ciallachadh gum bi barrachd beachdan a' tighinn am bàrr airson measaidh. Tha an inbhe nas àirde de connsaich ris am brosnach seo a' leantainn gu tuigse nas fheàrr aig an dà thaobh agus deasbad nas fheàrr.

dreuchdan anns an deasbad

Ann an deasbad foirmeil tha dreuchd sònraichte aig gach neach-labhairt. Thèid seo a mhìneachadh air an ath dhuilleag. Tha àireamh dreuchdan eile ann an deasbad foirmeil.

• CATHRAICHE

Tha a' chathraiche a' cur fàilte air an luchd-amais, a' toirt a-steach an glusad gu luath agus a' toirt a-steach an luchd-labhairt. Tha a' chathraiche cuideachd a' cumail smachd air Deasbad an Làr.

• MAOR-AMA

Tha am maor-ama a' cumail an ùine airson gach òraid agus a' dèanamh nota air dè cho fhad 's a bhruidhinn gach neach-labhairt. Tha iad cuideachd a' comharrachadh toiseach agus deireadh an àm glèidhte (faicibh roinnean breugnachadh agus p.o.i.s) agus deireadh àm an neach-labhairt.


• BRITHEAMH

Tha na brìtheamhan a' dèanamh co-dhùnadh air cò bhunaich an deasbad. Faodaidh sibh fhèin a bhith na brìtheamh no faodaidh panail brìtheamhan sgoilear a bhith agaibh.

'S e seo òrdugh nan òraid:

- 1d Neach-labhairt a' Tairgsinn
- 1d Neach-labhairt a' Thaglainn
- 2na Neach-labhairt a' Tairgsinn
- 2na Neach-labhairt a' Thaglainn
- DEASBAD AN LÀR-
- Neach-labhairt a' gheàrr-iomradh - Taglainn
- Neach-labhairt a' gheàrr-iomradh - Tairgsinn

cathraiche & ma



brìtheamhan



luchd-labhairt an làr



Faodaidh trì cathraichean a bhith ann, aonan airson fàilte a chur air an luchd-amais agus a' stiùireadh ceistean ann an òraidean an làr, agus dithis airson an luchd-labhairt air gach taobh a thoirt a-steach.

- **LUCHD-AMAS**

Tha an luchd-amais a' gabhail pàirt ann an deasbad an làr.

- **LUCHD-AITHISG**

Tha an luchd-aithisg a' dèanamh notaichean anns an deasbad agus sgrìobhaidh iad suas e às dèidh ann an stoidhle pàipear naidheachd, no faodaidh iad aithisg labhairteach a dhèanamh ann an stoidhle naidheachdan ionadail an telebhisean.

ullachadh

Anns an ullachadh, faodaidh an dian-bheachdachadh, co-roinneachadh agus tagh argamaidean a bhith dèanta mar clas no ann am buidhnean. Nuair a chaidh aontachadh air na sgiobaidhean, faodaidh obair a bhith aig sgoilearan firinn no pàirtean argamaidean an taobh aca rannsachadh. Nuair a tha na sgiobaidhean a' plannadh nan òraid tha e cudromach gu bheil iad a' prìomhachadh nan argamaid, gan cur còmhla agus gan roinneadh gu cunbhalach eadar a' prìomh luchd-labhairt. Tha e nas fheàrr ma tha cuid prìomh puingeann aca an àite buidheann argamaidean easaonaichte. 'S e an dòigh as fheàrr seo a dhèanamh a bhith coimhead airson argamaidean a tha coltach agus gan cur còmhla fo ceann a rèir an tèama aca.

Na bheir na h-argamaidean matha air fhad dhan neach-labhairt as 'làidire' oir tha sin a' ciallachadh nach bi gu leòr ri ràdh aig an neach-labhairt eile. Tha e cudromach gu bheil na h-argamaidean air an roinneach gu cunbhalach eadar an luchd-labhairt. Na falaichibh a h-uile argamaid math anns an darna òraid airson caradh an taglainn: chan eil seo cothromach agus bidh peanas aig an luchd-labhairt a nì seo bhon briteamhan oir chan fhaigh an taobh eile cothrom a fhreagairt.

Rè àm sgrìobhadh nan òraid, faodaidh na còidsean an luchd-labhairt a chuideachadh ann an plannadh, sgrìobhadh agus dol thairis air na h-òraidean aca. Tha seo a' toirt cothrom do sgoilearan nach eil cho deònach air bruidhinn am fiosrachadh a chleachdadh.

rè an deasbaid

Anns an deasbad fhèin, faodaidh sibh obair a thoirt do gach sgoilear. Bidh feum agaibh air co-dhiù maor-ama. Faodaidh an uiread de briteamhan a bhith agaibh 's a tha sibh ag iarraidh, agus faodaidh sibh obair a thoirt do gach briteamh airson ais-mholadh posataibh a thoirt seachad, mar eisimpleir dà rud a chòrd riutha agus aon rud airson leasachadh. 'S e an rud as fheàrr gum bi àireamh corra briteamhan a bhith ann, no briteamh a' chathair airson bhòt co-dhùnaidh a dhèanamh, ma bhios a' bhòt air cothrom.

Faodaidh deasbad an làr a bhith cho fada is a tha sibh ag iarraidh. Faodaidh sibh obair a thoirt do gach neach-amais airson ceistean fhaighneachd, aithris a dhèanamh no òraid bheag a thoirt seachad.

a' deasbaireachd le luchd-aithisg

'S e deagh dhòigh a th' ann an deasbaireachd le luchd-aithisg airson barrachd sgoilearan fhaighinn a-steach agus a' cumail an gnìomhachas deasbaid a' dol airson ùine nas fhaide. Faodaidh sibh dreuchd an neach-aithisg a thoirt a-staigh bhon toiseach le bhith dèanamh buidheann neach-aithisg aig an aon àm 's a tha thu a' dèanamh buidhnean tairgseadh agus taglainn agus am buidheann briteimh, ma tha fear ann. Anns an ìre ullachaidh bidh an luchd-aithisg ag obair còmhla airson coimhead air dà thaobh a' ghluasaid agus aithne a thoirt air na tha iad a' smaoineachadh a bhios na puineag cudromach. Faodaidh iad ceistean a phlannadh airson faighneachd ann an deasbad an làr agus feumaidh iad èisteachd gu cùramach anns an deasbad agus ceistean eile a dhèanamh. Ann an deasbad an làr, cuiridh gach neach-aithisg ceistean air an luchd-labhairt.

Às dèidh an deasbad 's urrainn dhaibh na h-aithisgean aca a sgrìobhadh, nan aonar no ann am buidhnean, no fiù 's agallamh a dhèanamh leis an luchd-labhairt.

Tron ìre ullachaidh, faodaidh na briteamhan ullachadh leis na sgiobaidhean aca, no an ùine seo a chleachdadh a dh'obair còmhla ann am buidheann airson co-dhùnadh a dhèanamh air na slatan-tomhais a bhios iad a' cleachdadh airson breith a thoirt air an deasbad. Tha seo a' cuideachadh nan sgoilear smaoineachadh air na sgillean a dh'fheumas a bhith aca airson a bhith comhairleachail.

'S dòcha gum bi sibh airson an ìre ullachaidh seo a dhèanamh thairis air leasanan gus tèid beagan rannsachaidh a dhèanamh airson obair-dhachaigh.

Faodaidh a' gabhail pàirt ann an deasbad an làr a bhith na deagh dhòigh misneachd a thogail agus a' gluasadh bho faighneachd ceist bheag, gu a' dèanamh òraid beag, gu a' bhith na prìomh neach-labhairt aig deireadh a' chuis.

tairgseadh agus taglainn

dreuchd an tairgseadh

'S e ciad dreuchd an tairgsinn a stèidheachadh an deasbad, mìneachadh an gluasad agus dèan soileir dhan a h-uile duine dè mu dheidhinn a tha an deasbad. Mur an tèid seo a thachairt, faodaidh an deasbad a bhith glè gròigeach, breathalach èisteachd ris agus doirbh an luchd-amais a thoirt gu ur taobh. 'S e darna dreuch an tairgsinn a bhith cur poileasaidh no dòigh-obrach air adhart airson an dùbhlán seo a chur ceart. Feumaidh an tairgsinn innse dhuinn na builean a th' aig an dòigh-fhuasglaidh aca agus mar a bhios e nas fheàrr na rudan mar a tha iad an-dràsta. Tha seo airson innse dha na brìtheamhan nach eil dìreach gu bheil rud a dh'fheumas a bhith cur ceart, ach gur e am beachd agaibh an dòigh as fheàrr seo a dhèanamh.

Feumaidh an tairgsinn 3 rudan a dhèanamh:

1. Sàr-mhìnich an gluasad

A bheil faclan anns a' ghluasad a dh'fheumas sibh mìneachadh? Mar eisimpleir, dè tha "An Taigh Seo" a' ciallachadh? Cò mu dheidhinn a tha sibh a' bruidhinn? Am buidheann, an duthaich, an t-saoghal?

2. Thoir cuinntas air an Trioblaid

Dè tha sibh a' feuchainn ri cur ceart? Carson a tha seo na thrioblaid? Cò dha a tha seo na thrioblaid? Carson a dh'fheumas sinn a chur ceart an-dràsta?

3. Innis ciamar a cuireas sinn an trioblaid ceart Ciamar a tha e a' dol a dh'obair? Cò tha a' dol a dhèanamh?

Smaoinich: CARSON? CARSON SEO? CARSON AN-DRÀSTA?

dreuchd an taglainn

'S e prìobh dreuchd an taglainn a bhith cur an aghaidh na h-argamaidean a th' aig an tairgsinn. Faodaidh seo a tachair ann an diofar dòighean:

'S urrainn dhuibh cur an aghaidh:

An TRIOBLAID: tha rudan mar a tha iad an-dràsta ceart gu leòr

An DÒIGH-FHUASGLAIDH: chan obraich e Am BUIL: fàsaidh an t-suidheachadh nas miosa

Faodaidh an taglainn contra-mholadh a chur air adhart ach chan fheum iad. 'S e an rud as cudromaiche a chuimhneachadh gum feum an taglainn deasbaireachd na tha an tairgsinn air mìneachadh agus cur air adhart, an àite na beachdan leis an tàinig sibh ann!

bu choir an dà thaobh smaoineachadh air:

- Dè na h-argamaidean as cudromaiche?
- Carson a dh'fheumas an gnìomh a' tachairt an-dràsta?
- Ciamar a dh'atharraicheas an dòigh-fhuasglaidh a th' ann am beachd rudan?
- Am bi buaidh aig seo air duine sam bith taobh a-muigh an dùbhlán?
- A bheil suidheachaidhean analogach sam bith ann?

dreuchdan luchd-làbhairt

1d Neach-labhairt a' Thairgsinn

- Sàr-mhìnich an Gluasad (innis dha na brìtheamhan agus an luchd-amais dè mu dheidhinn a tha an deasbad).
- Mìnich na h-argamaigean a chuireas thu fhèin agus do phàirtearan air adhart anns an deasbad. Bu choir do seo a bhith air briseadh suas gu pàirtean le bhith mìneachadh dè na h-argamaidean a bhios aig gach neach-labhairt. ('S e Ro-shealladh an t-ainm a th' air seo.)
- Leasaich na prìomh argamaidean agad airson an luchd-amais agus brìtheamhan a thoirt gu do thaobh mu carson a bu chor don tairgsinn a bhuanachadh.

1d Neach-labhairt a' Thaglainn

- Breugnaich na prìomh argamaidean anns an òraid roimhpe.
- Mìnich na h-argamaigean a chuireas thu fhèin agus do phàirtearan air adhart anns an deasbad. Bu choir do seo a bhith air briseadh suas gu pàirtean le bhith mìneachadh dè na h-argamaidean a bhios aig gach neach-labhairt.
- Leasaich na prìomh argamaidean agad airson an luchd-amais agus brìtheamhan a thoirt gu do thaobh mu carson a bu chor don taglainn a bhuanachadh.

2na Neach-labhairt a' Thairgsinn

- Dèan ath-shùil goirid air na thuirt a' chiad neach-labhairt an tairgsinn agus oir-tharraing na tha thu fhèin a' dol a ràdh anns an òraid agad.
- Breugnaich na prìomh argamaidean anns an òraid roimhpe.
- Anacail òraid do phàirtear an aghaidh ionnsaighean bhon chiad neach-labhairt an taglainn.
- Leasaich na prìomh argamaidean agad airson neartachadh do chùis.

2na Neach-labhairt a' Thaglainn

- Dèan ath-shùil goirid air na thuirt a' Chiad Neach-labhairt a' Thaglainn agus oir-tharraing na tha thu fhèin a' dol a ràdh anns an òraid agad.
- Breugnaich na prìomh argamaidean anns an òraid roimhpe.
- Anacail òraid do phàirtear an aghaidh ionnsaighean bhon Darna Neach-labhairt a' Thaglainn.
- Leasaich na prìomh argamaidean agad airson neartachadh cùis a' Thaglainn.

neach-labhairt a' gheàrr-iomradh - Tairgsinn

- Anacail argamaidean an Tairgsinn bho ionnsaighean bhon taobh eile.
- Cuir aghaidh air puingean bho Deasbad an Làr.
- Dèan suimeachadh air an deasbad air fad airson sgioba an Tairgsinn (mar is trice le bhith breugnachadh an Taglainn le siùil a thoirt air na prìomh cùisean anns an deasbad agus ag innse don luchd-amais/brìtheamhan carson a bhunaich sgioba an Tairgsinn an deasbad).

neach-labhairt a' gheàrr-iomradh - Taglainn

- Anacail argamaidean a' Thaglainn bho ionnsaighean bhon taobh eile.
- Cuir aghaidh air puingean bho Deasbad an Làr.
- Dèan suimeachadh air an deasbad air fad airson sgioba an Taglainn (mar is trice le bhith breugnachadh an Tairgsinn le siùil a thoirt air na prìomh cùisean anns an deasbad agus ag innse don luchd-amais/brìtheamhan carson a bhunaich sgioba an Taglainn an deasbad).

a' tagh gluasaid

a' tagh gluasaid airson deasbad

Thoisichidh deasbaidean foirmeil an-comhnaidh le gluasad, mar is tric anns an dòigh “Bhiodh An Taigh Seo...” Tha dà dhiofar sheòra ann: gluasad pòileasaidh, a tha moladh dòigh air adhar sònraichte; agus gluasad analais, a tha a' deasbaireachd ma tha rudeigin fìor no nach eil.

Tha gluasadan pòileasaidh nas fhasa airson deasbairean ùra.

Tha an dòigh anns an sgiobh sibh gluasad glè chudromach, oir leanaidh gluasad dona gu deasbad dona. Nuair a tha sibh a' taghadh ghluasaid, smaonichibh air:

- A bheil e soileir dè mu dheidhinn a tha an deasbad?
- A bheil sreath argamaidean aig gach taobh?
- A bheil an taobh nas connspaideach aig an tairgsinn, no an taobh a nì atharrachadh?

'S e obair an tairgsinn a th' ann an sàr-mhìneachadh an gluasad, a' ciallachadh gum feum iad mìneachadh na tha an gluasad a' ciallachadh agus, ma tha e riatannach, ciamar a dh'obraicheas an gnìomh aca. Ann an deasbad stritheach, chan eil fios aig an taglainn ciamar a sàr-mhinicheas an tairgsinn an gluasad. Ach airson sgoilearan dìreach a' tòiseachadh air deasbaireachd foirmeil, 's e deagh bheachd a th' ann, airson a' chiad deasbad no dhà, co-dhùnadh a dhèanamh anns a' chlas air ciamar a thèid an gluasad a sàr-mhìneachadh gus am bi fios aig a h-uile duine bhon toiseach dè bhios iad a' deasbaireachd.

Feumaidh sgiobaidhean Tairgsinn an-còmhnaidh atharrachadh a mholadh. Chan obraich deasbadan far a bheil an taglann a' moladh atharrachadh agus tha an tairgsinn a' moladh rudan mar a tha iad cho math.

gluasadan airson deasbaireachd air tapachd na coimhearsnachd

Bidh comas agaibh smaoineachadh air tòrr gluasadan ceangailte ri tapachd a chòrdas ris ur clasaichean. Tha cuid mholaidhean an seo airson ur cuideachadh:

- Tha an taigh seo a' creidsinn gum bu choir don stàit tuarastal a thoirt do phàrantan a tha fuireach aig an taigh.
- Stadadh an taigh seo deuchainnean saoranachd a chleachdadh.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn nach faod ach an fheadhainn a phasaigeas deuchainn mothachadh poiliteigeach a bhòtadh.
- Thugadh an Taigh seo a-staigh 6 mìosan seirbhis na coimhearsnachd èigeantach airson a h-uile duine a' fàgail na sgoile.
- Thoir misgeadh an Taigh seo neo-ainmeachd air loidhe.
- Thugadh an Taigh seo a-steach siubhal bus agus treana saor an asgaidh ann an Alba airson a h-uile duine ann am foghlam làn-ùine.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn gu bheil còir aig neach fa leth ri cosnadh bunaiteach, as bith dè cho comasach no deònach 's a tha iad a dh'obair.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn gum bu choir don chomas a bhith aig an riaghaltas fiosrachadh deatamach sam bith fhaighinn airson dìon sòisealtas.
- Dhèanamh an Taigh seo e èigeantach gun cleachd taighean sgeamaichean an riaghaltais airson sgudal ath-chuairteachail a chruinneachadh.
- Rachadh an Taigh seo air làithean-saora anns an RA.
- Thoir misgeadh an Taigh seo seilbhheadaireachd taighean far nach eil duine a' fuireach.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn gum feum oifigearan-poileis a chur camara na bodhaige orra fad na h-ùine nuair a tha iad ag obair.
- Phrìomhaicheadh an Taigh seo comharran-iùil eachdraidheil nuair a thèid bailtean-mòra a leasachadh.
- Thòisicheadh an Taigh seo sgoil nas anmaiche.
- Tha an Taigh seo a' cur taic ri deuchainnean drogaichean tuaireamach ann an sgoiltean.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn gum bu choir sònaichean gun fònaichean-làimhe a bhios ann an sgoiltean.
- Tha an Taigh seo a' creidsinn gum feum an Àrainneachd a bhith na prìomh tùs-amas.
- Thòisicheadh an Taigh seo seachdain obrach 4 làithean.

a' measrachadh deasbaidean foirmeil

ro-ràdh

Tha roinn coitcheann air a' measrachadh deasbaidean aig deireadh an stiùireadh seo. Ach, ma tha sibh agus ur sgoilearan a' beachdachadh air deasbaireachd nas fhoirmeile a dhèanamh no pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean, bidh na puingeann a leanas feumail dhuibh.

susbaint

- A bheil na puingeann aca a' leantainn gu iarbhailean so-iarrtach (tair) no neo-iarrtach (tag)?
 - A bheil na puingeann aca a' faighinn gu na h-iarbhailean seo gu tuisgeach agus gu cunbhalach? Tha argamaidean nas comhairleachaile mur an tèid iad air tangas no a' comhachadh iad fhèin!
 - A bheil bearnan thuigseach aig na puingeann aca?
- A bheil bearn anns an analais aca a tha leantainn gu smaoineachadh ma tha X a' leantainn gu Y san fhìrinn?
- An do rinn iad ceangal eadar am puing aca agus an gluasad?
 - An do chleachd iad eisimpleirean no samhlaichean airson a' chùise aca dealbhachadh nas èifeachdach? Bidh puingeann nas làidire agus nas comhairleachaile ma tha luchd-labhairt a' cleachdadh an fìrinn, staitistearachd, rannsachadh cùisean agus eachdraidhean naidheachd airson an tagradh aca fìrinneachadh.

Bu choir do susbaint an argamaid sealltainn gu èifeachdach gu bheil puing fìor agus gu bheil e buintineach dhan deasbad. Bu chòir don stiùireadh a.d.a.g. sgoilearan a chuideachadh ag ullachadh.

riarachadh an dreuchd

- An do sàr-mhinich a' 1d neach-labhairt tair an deasbad gu ceart? An robh e soilleir nuair a suidhe iad sìos dè bha aig an taglainn cuir an aghaidh?
- An do dh'aghaidhich an taglainn an gluasad mar a thèid a shàr-mhènaachadh leis an tairgsinn? Feumaidh an taglainn dol an sàs le na tha an tairgsinn air thoirt a-mach.
- An tog luchd-labhairt na dhèidh sin air gach taobh puingeann agus analais ùr dhan deasbad no an robh iad ag aithlis am pàrtearan agus na thuirt iad roimhe?
- An do rinn luchd-labhairt a' gheàrr-iomradh geàrr-iomradh den deasbad? An tog iad, gu neo-chothromach, puingeann ùra dhan deasbad nach urrainn don taobh eile dol an aghaidh?

An do rinn an neach-labhairt an obair a dh'fheumas iad anns an dreuchd aca. Tha seo co-theacsail, a rèir stòidhle an deasbad a thathar a' cleachdadh, mar sin feumaidh sibh a leasachadh beagan airson riochd-chluiche no deasbaidan iomadh taobh.

cosnachadh

- An do thabhaich iad puingeann fiosrachaidh?
- An do ghabh iad POI agus fhreagair mar bu choir?
- An do bhreugnaich iad na thuirt an neach-labhairt romhpa?
- An do dh'atharraich luchd-labhairt na h-argamaidean a rèir na thuirt luchd-labhairt romhpa?

An do fhreagair agus èist an luchd-labhairt ri na thuirt an sgioba eile?

stoidhle agus structar

- An do chomharraich an òraid puingeann cudromach agus an robh eadar-dhealachadh soilleir eadar na diofar puingeann?
- An robh susbaint an sgioba sgoilte gu cothromach eadar buill an sgioba agus an robh òrdugh an luchd-labhairt agus na puingeann aca a' leantainn gu argamaid nas co-chrochaiche?
- An do bhruidhinn an luchd-labhairt gu àm? An do chuir iad seachad ùine gu leòr air na puingeann nas cudromaiche san òraid aca?
- A bheil an neach-labhairt a' bruidhinn gu soilleir agus le misneachd? A bheil am modhan-bodhaige aca èifeachdach, a bheil iad a' cleachdadh an gluasaid-làmhnan agus glacadh-sùla?
- An do chleachd iad àbhachdas agus gnàth-bhriathrachas gus na brìtheamhan a thoirt an taobh?

An do thaisbean an luchd-labhairt agus an sgioba air fad na h-argamaidean aca ann an dòigh co-sheasmhach agus inntinneach? An do chum iad an aire agaibh?

a' rannsachadh

Nuair a tha fios agaibh air a' chuspair air a bheil sibh a' bruidhinn, 's urrainn dhuibh tòrr beachdan a dian-bheachdachadh airson an òraid agaibh. Fad 's a tha sibh a' dian-bheachdachadh, sgrìobhaibh liosta de rudan far a dh'fheumas sibh barrachd fiosrachadh a lorg no ceistean aig nach eil freagairt.

a' cleachdadh an eadar-lìon

'S urrainn duibh tòrr fiosrachadh feumail agus nua-aimsireil airson ur rannsachadh air an eadar-lìon ach faodaidh duine sam bith fhoilleachadh air loidhne, mar sin ciamar a tha fios agaibh dè tha seasmhach agus fìor? Fàsaidh sibh nas fheàrr co-dhùnaidhean a dhèanamh air na tha fìor agus na tha ficsean. Na gabhaibh facal dìreach aon làrach-lìn a-mhàin - dèanaibh cinnteach le làraich-lìn eile.

An seo tha rudan airson cumail sìùl air a bhios na cuideachadh:

- A bheil roinn “mu ar deidhinn” aig an làrach-lìn air a bheil sibh a' coimhead, far am faod sibh faighinn a-mach mu amasan an làrach-lìn agus cò sgrìobh e?
- Anns an fharsaingeachd, ma tha iar-leasachan mar .gov.uk (riaghaltas); no .ac.uk (oilthigh) aig an làrach, bidh e nas seasmhach, ach chan urrainn dhuibh a bhith cinnteach gu bheil a h-uile rud 100% ceart.
- Cò an sgrìobhadair - a bheil iad nan sàr-eòlaiche no cuideigin le beachd?
- A bheil fiosrachadh ann mu dheidhinn ath-ùrachadh mu dheireadh an làraich-lìn no cuin a chaidh an artaigil a sgrìobhadh? A bheil fiosrachadh ann mu tùsan an fhiosrachaidh a chleachd an sgrìobhadair?
- A bheil an sgrìobhadh math no a bheil mearrachdan gràmar agus litreachadh ann? Ma tha, bithibh mothachail gur dòcha nach robh an sgrìobhadair nas faiceallaich leis an 'fhirinn' a th' aca.

Nuair a tha sibh a' sgrìobhadh ur n-òraid no ur notaichean, cuiribh na tha sibh a' sgrìobhadh anns na faclan agaibh fhèin- na dèanaibh geàrr is cuir ann. Bidh seo gur cuideachadh obrachadh a-mach ma tha e a' dèanamh ciall, agus bidh sibh ga sgrìobhadh mar is toil leibh bruidhinn. Tha e cuideachd a' ciallachadh nach bi cunnart ann gum bi sibh nur mèirle-sgrìobhadair (sin nuair a tha sibh a' cleachdadh obair cuideigin eile airson an obair agaibh fhèin).

a' bhith comhairleachail

Bidh an deasbad a' dol dhan sgioba as comhairleachaile. Às dèidh deasbad, bidh deagh bheachd aig a' mhòr chuid de briteamhan dè an sgioba a tha seo, ach airson co-dhùnadh a dhèanamh gu ceart tha e cuideachail beachdach air na tha no nach eil a' dèanamh òraid comhairleachail.

rudan a tha a' dèanamh òraid nas comhairleachaile

- A' bruidhinn gu soilleir agus le thuigse
- A' dèanamh argamaidean buintineach agus làidir
- A' toirt fianais agus adhbharan airson h-argamaidean
- A' freagairt ri argamaidean an sgioba eile
- A' cur ris na h-argamaidean le às-earrainn no seanchasan freagarrach
- A' gabhail co-dhiù aon puing fiosrachaidh (ma tha cead ann airson P.O.I.s)
- A' tabhachadh puingean fiosrachaidh (ma tha cead ann airson P.O.I.s)
- A' cleachdadh an ùine ann an dòigh math, a' toirt ùine gu leòr airson gach phuing a mhìneachadh
- A' cruthachadh argamaidean ann an dòigh thuigseach agus furasta a leantainn

rudan nach eil a' dèanamh òraid comhairleachaile

- A' bruidhinn ann an dòigh a tha doirbh a leantainn, m.e. a' bruidhinn ro luath, a' brunndail
- A' bruidhinn ann an dòigh a tha ro leasaichte, m.e. a' leughadh òraid gun a bhith coimhead air daoine
- Nach eil a' toirt fianais agus adhbharan airson h-argamaidean
- Nach eil a' freagairt ri argamaidean an sgioba eile
- Nach eil a' gabhail puingean fiosrachaidh (ma tha cead ann airson P.O.I.s)
- Nach eil a' tabhachadh puingean fiosrachaidh (ma tha cead ann airson P.O.I.s)
- A' cleachdadh an ùine ann an droch dhòigh, m.e. a' ruith thairis air puing aig deireadh na h-òraid agaibh
- Structar a tha gròigeach agus doirbh a leantainn - chan eil e soilleir far an stad aon phuing agus tòisich an ath fhear

a' measrachadh deasbaidean & a' cuideachadh luchd-labhairt an toiseach

ro-ràdh

Tha iomadh dòighean anns am faod sibh deasbad a' chlas a briteamhadh agus bidh seo a rèir na h-amasan agaibh airson an deasbad Faodaidh sibh fhèin a bhith na briteamh (no tidsear eile) no faodaidh panail briteamhan sgoilear a bhith agaibh. Ach, ged a bhithear an dùil gum bi na sgoilearan glè dhèonach fhaighinn a-mach dè an sgioba a bhunaich, bidh sibh a' cleachdadh deasbaireachd mar cothrom airson measadh a dhèanamh air adhartas nan sgoilear ann an sgilean a leasachadh. Tha goireasan glè chuideachail airson gur cuideachadh le seo air làrach-lìn Oracy aig Oilthigh Cambridge: <https://www.educ.cam.ac.uk/research/projects/oracytoolkit/tasks/af1> agus làrach-lìn an ESU: https://www.esu.org/_data/assets/pdf_file/0021/19641/4-ORACY-SKILL-SETS-A-GUIDE.pdf

slatan-tomhais airson breithneachadh

'S ann mu dheidhinn dearbhadh dè cho comhairleachail 's a tha na h-òraidean a th' ann am breithneachadh deasbad. Tha seo suibseigeach, ach faodaidh sibh na slatan-tomhais fodha a chleachdadh airson ceisteachadh agus coimeasachadh na h-òraidean agus a' solarachadh ais-mholadh air mar a 's urrainn do luchd-labhairt a fàs nas fheàrr. Bu choir gun cleachd sibh na slatan-tomhais seo ann an dòigh iomlanach: a' gabhail a-steach a h-uile rud nuair a tha sibh a' breithneachadh òraid agus chan eil gin dhuibh nas cudromaiche na fear eile.

a' cleachdadh sgoilearan airson briteamhan

Faodaidh breithneachadh a bhith na deagh dhòigh airson sgoilearan nach eil cho misneachail a bhrosnachadh a ghabhail pàirt anns an deasbad. Tha breithneachadh cuideachd a' cuideachadh sgoilearan a' sgrùdadh na tha dèanamh deasbad math agus a' fòcasachadh air na sgilean riatanach. Faodaidh briteamhan ag obair còmhla anns an ìre phlanaidh airson slatan-tomhais a leasachadh a dh'fhaodadh iad cleachdadh anns an deasbad airson breithneachadh. No faodaidh sibh gnìomh an luchd-amais ag atharrachadh airson seo (nas tràithe anns an leabhar-làimhe seo).

ais-mholadh co-structarach

Feumaidh briteamhan (sgoilearan no inbich) ais-mholadh co-structarach agus posataibh a thoirt do luchd-labhairt an-còmhnaidh. Comharraichibh na pàirt làidir a bh' aig dèanadas an neach-labhairt agus, an àite ag ailiseachadh pàirtean, molaibh àitichean far am faod an neach-labhairt leasachadh. Tha ais-mholadh posataibh agus co-structarach a' togail misneachd an neach-labhairt.

Nuair nach eil co-dhùnadh soilleir ann air sgàth 's gu bheil na sgiobaidhean làidir ann an diofar pàirtean, bu choir don briteamh seasamh air ais agus faighneachd: cò bha gam thoirt don taobh aca?

Iarraibh air briteamhan agus sgoilearan san luchd-amais dà rud a chòrd riut mu gach òraid agus rud eile a b' urrainn dhaibh obair air a ràdh. Brosnaichibh taic sheisean agus ag ionnsachadh bho cach a chèile.

reusantachd agus fianais

'S ann mu dheidhinn sòlasach nan argamaid a nì neach-labhairt a tha seo agus dè cho soileir 's a tha iad gam mìneachadh - an roinn "Na thuirt sibh". Tha briteamhan a' coimhead airson argamaidean soileir agus tuigseach agus eisimpleirean deagh-taghta, samhlachasan buintineach agus analais domhain den argamaidean. Tha na rudan seo uile ag innse don bhrìtheamh gu bheil an neach-labhairt a' tuigsinn na cùisean anns an deasbad. Faodaidh firinn, staitistearachd, rannsachaidhean cùise, naidheachdan buintineach agus reifreansan eachdraidheil uile cur ris a' chùis agaibh agus bidh drùidh air briteamhan ma tha iad an cleachdadh ann an dòigh math. Bidh luchd-labhairt a' cleachdadh ADAG (Adhbhar, Deasmas, Analais, Goireas-ceangal) nas comhairleachail na luchd-labhairt aig nach eil argamaidean a tha ann an cruth cho soileir.

eagrachas & prìomhachadh

Tha e cudromach a' sealltainn obair-sgioba eadar luchd-labhairt agus gun deach argamaidean an sgioba a roinneadh gu cothromach agus gu toinisgeil eadar an dà neach-labhairt. Tha a' cur structar air òraid glè chudromach airson deasbaireachd math. Bu choir do luchd-labhairt stèidhicheadh na tha iad a' dol a ràdh aig tòiseach na h-òraid agus bu choir dhaibh, ma 's urrainn dhaibh, an strucar sin a leanntainn. Ach gur dòcha gu bheil iomadh adhbharan airson taic a chur ri cùise, mar is àbhaist faodaidh na h-adhbharan seo a bhith air roinneadh gu 3 prìomh argamaidean. Tha timeachadh cudromach cuideachd. Bu choir do neach-labhairt bruidhinn airson an ùine air fad agus cuideachd a roinneadh na h-òraid aca eadar na puingean aca gus am bi balans aig an òraid aca.

dòigh-làbhairt & libhrigeadh

'S e seo an roinn-seòrsa 'mar a tha sibh ga ràdh'. Bu choir do luchd-labhairt notaichean a chleadadh an àite an òraid air fad sgrìobhadh a-mach - tha a' leughadh nan òraid a' ciallachadh gu bheil e doirbh glacadh-sùla a dhèanamh leis an luchd-amais, doiribh airson freagairt ris na tha na sgiobaidhean eile a ràdh agus neo-chùimhir ma chaileas an neach-labhairt far a bheil iad air an duilleag. Tha deasbairean matha a' bruidhinn gu soilleir, gu h-àrd agus gu slaodach. Tha e nas inntinnich èisteachd ri neach-labhairt a tha ag atharrachadh tòna agus àirde fuaime an guth aca agus a tha a' cleachdadh anailean airson cuideam a chur air puing. Smaoinichibh mu roghainn nam facal agus structar nan seantans. Tha cànan a' chuirp cudromach cuideachd - smaoinichibh mu gluasadan-làimhe agus fiamhan aodainn agus dèanaibh glacadh-sùla leis na brìtheamhan agus an luchd-amais.

ag èisteachd agus a' freagairt

Aig an aon àm 's a tha iad a' fòcasachadh air an òraid aca fhèin, bu choir do neach-labhairt èisteachd gu dlùth ris na luchd-labhairt agus freagairt. Uaireanan tha e cuideachail notaichean a dhèanamh anns an deasbad gus am b' urrainn dhaibh fhreagairt ri puingean na sgiobaidhean eile le bhith sealltainn mar nach eil iad ag aontachadh. 'S e breugnachadh a th' air seo. Faodaidh sgiobaidhean ag eadar-obrachadh tro Puingean Fiosrachaidh. Feumaidh an duine a' tabhachadh am POI dùbhlán a thoirt don neach-labhairt agus feumaidh an neach-labhairt am POI a fhreagairt. Nuair a tha iad a' suimeachadh deasbaid, tha comas aig deasbair math mothachadh na prìomh eas-aontaidhean eadar na sgiobaidhean ('prìomh puingean a' chonnsaich) agus mìneachadh carson a bhunaich an sgioba aca. Bidh iad feumach air sgilean èisteachd matha airson seo oir feumaidh iad tagh dè am pàirt den dheasbad anns am bi am fòcas aca.

a' cuideachadh luchd-labhairt an toiseach

Airson tòrr sgoilearan, 's e rud gu math eagalach a bhios ann am bruidhinn ann an deasbad airson a' ciad thuras agus bidh fiù 's deasbairean glè eòlach a' fàs nearbhach mus bi iad a' bruidhinn anns a' phoblach. Bidh cuid de sgoilearan earbsail deònach a' dol airson dreuchdan labhairt ach bidh cuid eile mì-dheònach a bhruidhinn. 'S dòcha gum tèid iad an lùib leis an deasbad thar ùine (a' bruidhinn ann an deasbad an làr agus an uair sin a' gabhail pàirt anns an deasbad mar neach-labhairt). Bidh fios agaibh cò aig a bhios comas dreuchdan labhairt a ghabhail an toiseach agus cò aig a bhios feum air beagan cuideachadh a bhith na neach-labhairt earbsail.

a' togail misneachd

Leigibh fios do sgoilearan gu bheil e nàdarra a bhith nearbhach ro bruidhinn ann an deasbad agus ann an iomadh dòigh 's e deagh rud a th' ann - faodadh beagan dragh a bhrosnachadh fiùghantas agus smaoineachadh luath. Tha a' mhòr chuid den òigridh a' smaoineachadh gu bheil iad nas fheàrr a' bruidhinn gu poblach na tha iad. Ach, bidh mòran sgoilearan glè nearbhach mu bruidhinn gu poblach, gu h-àraidh air beulaibh nan sgoilear eile. Brosnaichibh deagh dòigh-smaoin le bhith brosnachadh luchd-labhairt a ghabhail misneachd. Bu choir do caraidean sgioba gan brosnachadh chèile agus bu choir gun can còidse sgoilearan faclan brosnachail dha na sgiobaidhean aca.

ullachadh

Tha ullachadh math na cuideachadh. Tha an ìre ullachaidh a' toirt ùine mhòr do sgoilearan airson leasachadh airson an deasbaid agus gan ullachadh fhèin. Ma rinn neach-labhairt tòrr rannsachadh agus obair leis na sgoilearan eile airson leasachadh na h-argamaidean aca agus practasadh na h-òraidean aca, cha bhi iad cho nearbhach.

tha an luchd-amais air do thaobh!

Air sgàth 's gu bheil an clas air fad an sàs anns an deasbad agus gun do chuir iad ùine ann an ullachadh, tha iad airson 's gun soirbhich an luchd-labhairt. Chan fheum luchd-labhairt an luchd-amais fhaicinn mar rud eagalach ach cuimhnichibh gu bheil iad air an taobh!

Tha buill-sgioba no còidsean a' brosnachadh an luchd-labhairt, an dà chuid ann an ullachadh agus ann an sealltainn dhaibh gum fàs a h-uile neach-labhairt nearbhach mus tòisich iad a' bruidhinn.

Ma tha sgoilear dha-rìribh nearbhach ron dheasbad, faodaidh an tidsear a' dol tron òraid leotha agus a' toirt seachad comhairle fois-inntinneach.

Brosnaichibh an luchd-amais ann an bas-bhualadh nuair a tha iad ag aontachadh le puing - bidh seo na spionnadh mhòr dhan luchd-labhairt.

tapachd and cfe

ro-ràdh

Tha tapachd na coimhearsnachd mar co-theacsa airson ionnsachadh taobh a-staigh Curraicealam airson Sàr-mhathais a' leasachadh tuigse an luchd-ionnsachaidh air suidheachaidhean mì-fhàbharach agus dùbhlach agus mar a tha buaidh aig seo air coimhearsnachdan. Tro plannadh cùramach nan tidsear, a' leasachadh com-pàirtichean agus a' dèanamh ceanglaichean tro cothroman ionnsachaidh fìor-riochdail agus buintineach mar deasbaireachd; faodaidh òganaich na sgilean, comasan agus buadhan a leasachadh airson ullachadh airson, freagairt ri agus tilleadh bho na dùbhlach tapachd freagarrach dha na sgoiltean agus coimhearsnachdan ionadail aca.

litearrachd agus gàidhlig

Tha na eòlasan agus builean a tha mar uallach air luchd-teagaisg uile a' nochdadh ann an clò Eadailteach.

<i>Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean airson tlachd agus ùidh, agus is urrainn dhomh innse cho math 's a tha iad a' freagairt air m' iarrtasan agus na bha mi a' sùileachadh bhuapa agus is urrainn dhomh adhbharan a thoirt seachad, le eisimpleirean, airson mo bheachd.</i> <i>Is urrainn dhomh gu cunbhalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh airson mo theacsaichean fhìn a chruthachadh, agus tha mi a' toirt air adhart mo stoidhle fhìn.</i> LIT 3-01a / LIT 4-01a	
<i>'S urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, am brosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt agus tha mi a' tuigsinn gu bheil làn chòir aca beachd eadar-dhealaichte a bhith aca.</i> <i>'S urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh agus na chanas daoine eile a chleachdadh airson smaoineachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh.</i> LIT 3-02a	<i>Is urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine a bhith a' gabhail pàirt, agus am brosnachadh gus àite a thoirt do bheachdan dhaoine eile agus do fhreagairtean eadar-dhealaichte.</i> <i>Is urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh, a' sgrùdadh is a' togail air rudan a thuirt daoine eile airson smaoineachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh.</i> LIT 4-02a
An dèidh feartan cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùdadh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum, a' taghadh ìre-cànain a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais. GA1 3-03a	An dèidh nàdar cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùdadh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum gu neo-eisimeileach, a' taghadh, agus a' cumail ri, ìre-cànain a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais. GA1 4-03a
<i>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh:</i> • adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh is innse le cinnt is brìgh nam prìomh aithrisean a thuigsinn • aithneachadh is bruidhinn air mar thasdaichean teacsa coltach is aacoltach • am fiosrachadh a chur gu diofar sheòrsa feum. LIT 3-04a	<i>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh:</i> • adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa innse gu soilleir is brìgh prìomh aithrisean a thuigsinn • coimeas a dhèanamh eadar caochladh sheòrsaichean teacsa • fiosrachadh fhaighinn à diofar àitichean, a chur còmhla agus a chur gu diofar sheòrsa feum. LIT 4-04a
<i>'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais.</i> LIT 3-06a / LIT 4-06a	
<i>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt beachd, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada.</i> LIT 3-07a	<i>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt bheachdan mionaideach, breithneachail, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada.</i> LIT 4-07a
<i>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi ag ionnsachadh mu na dòighean a bhithear a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air beachd dhaoine agus mar a mheasas mi luach nan goireasan agam, agus aithnichidh mi nuair a thathar a' cur ìmpidh orm.</i> LIT 3-08a	<i>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, aithnichidh mi cuid de na dòighean a tha air an cleachdadh airson buaidh a thoirt air daoine no ìmpidh a chur orra agus 's urrainn dhomh luach nan goireasan agam a mheasadh.</i> LIT 4-08a

Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh: • fiosrachadh, smuaintean no beachdan a thoirt seachad • pròiseasan, bun-bheachdan agus beachdan a mhineachadh • cùisean a thèid a thogail aithneachadh, geàrr-chunntas a thoirt air na co-dhùnaidhean no brìgh na cùise a thuigsinn LIT 3-09a	Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh: • fiosrachadh mionaideach, smuaintean no beachdan a thoirt seachad • pròiseasan, bun-bheachdan agus smuaintean a mhineachadh, le taic o fhiosrachadh-taic iomchaidh • geàrr-chunntas a dhèanamh air beachdan, ceistean no co-dhùnaidhean. LIT 4-09a
<i>Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheòthail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.</i> LIT 2-10a / LIT 3-10a	<i>'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheòthail, nam àite ionnsachaidh agus a-muigh, agus goireasan iomchaidh a thaghadh is an cur an òrdugh gu neo-eisimeileach, mar a tha feum.</i> LIT 4-10a
<i>A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh à diofar ghòireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghiorrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.</i> LIT 3-14a / LIT 4-14a <i>'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson mo smaoineachadh a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.</i> LIT 3-15a / LIT 4-15a	
<i>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi a' rannsachadh nan dòighean a thathar a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air mo bheachd. Aithnichidh mi nuair tha ìmpidh ga chur orm agus 's urrainn dhomh measadh dè cho earbsach 's a tha na goireasan agam agus dè an luach a tha ann.</i> LIT 3-18a	<i>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, aithnichidh mi ìmpidh agus claon-bhàidh agus na dòighean a thathar a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air mo bheachd agus 's urrainn dhomh measadh dè cho earbsach 's a tha na goireasan agam agus dè an luach a tha ann.</i> LIT 4-18a
<i>'S urrainn dhomh notaichean is diofar sheòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh gus smuaintean a chur ri chèile agus a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, no teacsa ùr a chruthachadh.</i> <i>Tha mi a' tuigsinn cuin a tha e iomchaidh dhomh facail a thogail à goireasan agus cuin as còir puingean a chur nam fhacail fhìn. 'S urrainn dhomh taing a thoirt don fheadhainn bhon d' fhuair mi fiosrachadh ann an dòigh iomchaidh</i> LIT 3-25a	<i>'S urrainn dhomh notaichean agus diofar sheòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson smuaintean a chur ri chèile agus a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, no teacsa ùr a chruthachadh.</i> <i>'S urrainn dhomh goireasan a chleachdadh ann an dòigh iomchaidh agus chothromach agus an ainmeachadh ann an dòigh iomchaidh.</i> LIT 4-25a
<i>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, gu neo-eisimeileach, airson diofar adhbharan, agus fiosrachadh no smuaintean deatamach agus fiosrachadh eile a tha a' cur taic riutha a chur ann an òrdugh rianail. 'S urrainn dhomh facail iomchaidh a chleachdadh airson rudan a chur an cèill gu soilleir ris an luchd-amais agam.</i> LIT 3-26a / LIT 4-26a	
<i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhineachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</i> LIT 3-28a	<i>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhineachadh, le taic eisimpleirean, agus smuaintean no beachdan a shnìomh na chèile ann an diofar dhòighean.</i> LIT 4-28a
<i>'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, cùisean a rannsachadh no beachd a chur an cèill, a' cleachdadh smaoineachadh soilleir, taic o fhiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean.</i> LIT 3-29a	<i>'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, measadh, cùisean a rannsachadh no beachdan a chur an cèill agus a dhìon ann an dòigh chinnteach, a' cur taic ri seo le fiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean.</i> LIT 4-29a

cuspairean sòisealta

Bheir ionnsachadh (tro deasbad) anns na cuspairean sòisealta comas dhomh:

- cur ri mo thuigse mu phrionnsapalan deamocrasaidh is saoranachd tro bhith smaoineachadh dhomh fhìn ann an dòigh bhreithneachail
- diofar sheòrsaichean stuthan agus fianais a rannsachadh agus a mheasadh
- faighinn deiseil airson agus freagairt ri suidheachaidhean dubhlanach (agus mì-fhàbharach) taobh a-staigh mo choimhearsnachd agus taobh a-muigh
- ionnsachadh co-dhùnaidhean aig am bi buaidh math air an àrainneachd/clìomaid agam a dhèanamh an-dràsta agus anns an àm ri teachd

tapachd agus cfe

Aithnichidh mi a' bhuidhneachd a dh'fhaodadh a bhith aig cùis co-cheangailte ris an àrainneachd, agus nì mi molaidhean fiosraichte mu dhòighean air dèiligeadh ris a' bhuidhneachd seo. SOC 3-08a	'S urrainn dhomh bruidhinn air cho seasmhach is a tha stòrasan cudromach nàdarra, agus sgrùdadh a dhèanamh air na dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh airson rudan a bhios daoine a' dèanamh. SOC 4-08a
	'S urrainn dhomh measadh a dhèanamh air buaidh leasachaidhean bun-structair còmh-dhail ann an àite sònraichte, agus 's urrainn dhomh cur ri còmh-radh mu shiostaman seasmhach a thoirt air adhart. SOC 4-09b
'S urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air a' ghnàth-shìde, air feartan fiosaigeach agus air rudan beò ann an àrainneachd nàdarra a tha eadar-dhealaichte bhon àrainneachd fhìn, agus mineachadh a dhèanamh air a' cheangal a tha aca ri chèile. SOC 3-10a	'S urrainn dhomh mo thuigse a thoirt air adhart mun cheangal eadar daoine agus an àrainneachd, le bhith ag innse agus a' measadh na buaidh a tha aig obair dhaoine air sgìre. SOC 4-10a 'S urrainn dhomh mineachadh mar a thàinig na prìomh fheartan ann an sgìre baile-mòr gu buil ann an Alba no an àite eile, agus 's urrainn dhomh measadh buaidh seo air a' choimhearsnachd. SOC 4-10b An dèidh obair eaconamach a sgrùdadh, 's urrainn dhomh mineachadh mar a dh'fhàs e agus measadh a dhèanamh air buaidh atharrachaidh gu h-ionadail agus an àitean eile. SOC 4-10c
'S urrainn dhomh m' eòlas mu chùisean sòisealta, poilitigeach agus eaconomach an latha an-diugh a chleachdadh gus fianais a mhineachadh agus beachd fiosraichte a chur air adhart. SOC 3-15a	'S urrainn dhomh seòrsaichean fianais a tha an aghaidh a chèile a mheasadh airson taic a chur ri argamaid. SOC 4-15a
'S urrainn dhomh mineachadh carson a dh'fhaodadh buidheann a chomharraich mi a bhith a' fulang neo-ionannachd agus 's urrainn dhomh dòighean a mholadh air dèiligeadh ris an neo-ionannachd seo. SOC 3-16a	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmh-radh mun ìre gum bu chòir feuman dhaoine a bhith air an coileanadh leis an stàit no leis gach neach fhèin. SOC 4-16a Tro chòmh-radh, thagh mi pàirt de cheist shòisealta airson a rannsachadh, agus le bhith a' tional fiosrachadh 's urrainn dhomh measadh na buaidh aice agus beachd nan daoine air a bheil i a' bualadh. SOC 4-16b
Tha mi a' tuigsinn nan dòighean sa bheil co-dhùnaidhean poilitigeach air an dèanamh aig diofar ìrean agus tha mi a' tuigsinn nam feartan a tha a' cumadh nan dòighean seo. SOC 3-18a	'S urrainn dhomh measadh buaidh nam buidhnean aig a bheil cumhachd co-dhùnaidh air beatha dhaoine ann an Alba, no an àitean eile. SOC 4-18a 'S urrainn dhomh deasbad mu na h-adhbharan nach eil cuid a dhaoine a' gabhail uimhir a phàirt sa phròiseas taghaidh, agus beachdan fiosraichte a chur an cèill mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an deamocrasaidh. SOC 4-18b 'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmh-radh mu obair agus adhbharan buidhne no comainn a tha a' sìreadh gus an amasan a choileanadh ann an dòigh nach eil deamocratach. SOC 4-18c
	'S urrainn dhomh beachd fiosraichte a thoirt seachad air mar a dh'fhaodas leudachadh cumhachd agus neart dhùthchannan no bhuidhnean buaidh a thoirt air cultaran, beachdan agus beatha dhaoine. SOC 4-19a
Nuair a tha mi a' gabhail pàirt ann an obair iomairt, 's urrainn dhomh ceistean moralta a rannsachadh co-cheangailte ri cleachdadh gnothachais, agus tuigse fhaighinn air mar a tha gnothachasan a' cuideachadh gus feuman a choileanadh. SOC 3-20a	'S urrainn dhomh sgrùdadh breithneachail a dhèanamh air mar a dh'fhaodas cuid de fheartan eaconamach buaidh a thoirt air daoine, gnothachasan no coimhearsnachdan. SOC 4-20a 'S urrainn dhomh adhbharan agus feartan bhuidhnean prìobhaideach, poblach agus saor-thoileach a rannsachadh, airson cur ri còmh-radh mu an dàimh ris na daoine a tha iad a' frithealadh. SOC 4-20b 'S urrainn dhomh cleachdaidhean obrach a mheasadh a tha fosgailte do luchd-obrach ann an diofar sheòrsaichean ghnòthachasan. SOC 4-20c

slàinnte agus sunnd

Taobh a-staigh co-theacsa Tapachd a' Choimhearsnachd agus tro cothroman airson deasbaid, tha mi a' sùileachadh gun toir m' àrainneachd ionnsachaidh taic dhomh gus:

- m' fhèin-mhothachadh, m' fhèin-luach agus mo spèis do dhaoine eile a thoirt air adhart
- dùbhlain a fhreagairt, dèiligeadh ri atharrachadh agus ceanglaichean a dhèanamh ri daoine eile
- adhartas a dhèanamh gu pearsanta agus mo thapachd agus mo mhisneachd a thoirt air adhart
- mo shunnd corporra, inntinneil agus spioradail agus mo sgilean sòisealta a thuigsinn agus a thoirt air adhart
- tuigsinn gu bheil dleastanas air inbheach sa choimhearsnachd sgoile agam coimhead às mo dhèidh, èisteachd ri mo dhraghan agus daoine eile a tharraing a-steach nuair a bhios feum air
- ionnsachadh far am faighear cobhair agus goireasan airson fiosrachadh fhaighinn a chuidicheas le dèanamh roghainnean
- cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh agus buaidh dòigh-beatha chunnartach a thuigsinn
- smaoineachadh air mo neartan agus mo sgilean gus mo chuideachadh a' dèanamh roghainnean fiosraichte nuair a bhios mi a' planadh nanath cheummannan agam

Tha mi mothachail air m' fhaireachdainnean is comasach an cur an cèill, agus tha mi a' fàs comasach air bruidhinn mun deidhinn.		HWB 3-01a / HWB 4-01a
Tha mi ag ionnsachadh sgilean agus ro-innleachdan a bheir taic dhomh aig amannan a tha doirbh, gu h-àraidh a thaobh atharrachadh agus call.		HWB 3-07a / HWB 4-07a
Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còirichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile a' dèidh, 's urrainn dhomh na còirichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòirichean dhaoine eile.		HWB 3-09a / HWB 4-09a
Tha a bhith a' riochdachadh mo chlas, mo sgoil agus/no na coimhearsnachd san fharsaingeachd a' cur ri m' fhèin-luach agus mo mhisneachd agus a' dèanamh comasach dhomh pàirt fheumail a ghabhail sa choimhearsnachd.		HWB 3-12a / HWB 4-12a
Le cur mo bheachdan, mo thide is mo thàlant an sàs, tha pàirt agam ann an toirt atharrachadh math air mo sgoil agus a' choimhearsnachd.		HWB 3-13a / HWB 4-13a
Tha mi a' toirt air adhart nan sgilean agus nam feartan nàdair a dh'fheumas mi airson ionnsachadh, beatha agus obair. Tha mi a' faighinn tuigse air a' bhuntanas aig mar a tha m' ionnsachadh an-dràsta agus cothroman san àm ri teachd. Tha seo gam chuideachadh gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu mo bheatha agus mu m' ionnsachadh.	Stèidhichte air m' ùidhean, sgilean, neartan agus roghainnean, tha mi a' faighinn cuideachadh airson taghaidhean iomchaidh, cothromach agus fiosraichte a dhèanamh, amasan a ghabhas coileanadh a chur romham agus planadh airson a bhith a' gluasad gu ìre eile às dèidh seo.	HWB 4-19a
Tha mi a' sgrùdadh diofar dhreuchdan/obraichean, dhòighean obrach agus shlighean trèanaidh is ionnsachaidh. Tha mi a' faighinn eòlas a tha gam chuideachadh airson aithneachadh a' bhuntanais aig m' ionnsachadh, mo sgilean agus m' ùidhean ri mo bheatha san àm ri teachd.		HWB 3-20a/4-20a

ealain chruthachail

Tha na tha mi ag ionnsachadh anns a' cho-theacsa Tapachd a' Choimhearsnachd tro deasbad agus ma dheidhinn:

- a' comharrachadh agus a' toirt air adhart mo thàlant cruthachail agus ealanta
- a' leigeil leam sgilean agus dòighean-obrach a thoirt air adhart a' buntainn ri seòrsaichean ealain shònraichte, thar nan ceithir comasan
- a' toirt cothrom dhomh air tuigse nas fheàrr fhaighinn air cultar ann an Alba agus san t-saoghal a-muigh

Is urrainn dhomh caractar nàdarraich no riochdail a chruthachadh, a thoirt air adhart agus a chumail a' dol, tro bhith a' cleachdadh guth, gluasad agus cànan.	Is urrainn dhomh fèin-fhiosrachadh agus doimhneachd tuigse a shealltainn ann a bhith a' cur an cèill caractar, ceangalan agus suidheachaidhean, ann an diofar dhòighean agus airson diofar luchd-amais.	EXA 4-12a
	Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo thuigse air obair caractaran a chleachdadh gus caractaran a chruthachadh, a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach, a' dèanamh feum de ghuth, gluasad agus cànan. Is urrainn dhomh m' obair a chur fa chomhair luchd-amais.	EXA 4-13a



Aonadh Beurla Labhairt Alba

Carthannas foghlaim agus buidheann ag obair gus daoine a chuideachadh a ruigsinn a' chomais slàn aca tro bhith toirt sgillean agus misneachd conaltraidh dhaibh airson na beachdadh aca a mhìneachadh agus a cho-roinneadh. Tha sinn ag ama ri sgilean conaltraidh, misneachd agus cothroman a thoirt do dhaoine gus am b' urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an co-roinneadh na beachdan agus barailean aca. Tha sinn a' creidsinn gu bheil deagh chonaltradh agus iomlaid cultarail riatanach airson leasachadh agus tuigse neach fa leth, a' choimhearsnachd agus an t-saoghail. Aig cridhe ar misean tha dleastanas airson obair còmhla ri sgoiltean agus òganaich gus lughdachadh bearnan ann an cothrom agus cuideachadh ann an dùnadh bearnan ann an buileachadh ceangailte ri bochdainn.

Aonadh Beurla Labhairt Alba Taigh
Hayweight, 23 Sràid Lauriston, Dùn
Èideann EH3 9DQ 0131 281 7365
www.esuscotland.org.uk
cathrannas Alba 000653



ENGLISH-SPEAKING UNION
Scotland